

Gnathasan Cainnte

(Gaelic Idioms)

T. 89. R.



GAELIC IDIOMS AND EXPRESSIONS

✓

Gaelic Idioms and Expressions

With Free Translations

COMPILED

by

DUNCAN MACDONALD

Headmaster


Sandwickhill Public School, Stornoway

AN COMUNN GAIDHEALACH

212 West George Street, Glasgow

1932

A. LEARMONTH & SON
Printers
9 KING STREET, STIRLING



Printed in Scotland

PREFACE

This collection of Idioms, with their English equivalents, has been compiled by Mr. Duncan MacDonald, Headmaster of the Sandwickhill School, Stornoway. It has been very generously placed by Mr. MacDonald at the disposal of An Comunn Gaidhealach, which desires to take this further opportunity of acknowledging its indebtedness to him. The booklet is issued in the hope that it may be found useful as an addition to the material available for the teaching of Gaelic in Schools, and helpful to learners of Gaelic generally. It preserves in a permanent form those native turns of speech which are so expressive and effective on the lips of Gaelic speakers, and which are in danger of disappearing under the influence of the English idiom.

KEY-WORDS

To avoid the labour of arranging these Idioms and Expressions in Alphabetical order, the following method has been adopted as being equally helpful in finding the Key-word, and in directing the reader to the Special groups.

| | PAGES |
|--|---------|
| Cuir, tog | 33-42 |
| Ceann, beul, sùil | 42-50 |
| Cas, sròn, cùl, drùim | 50-54 |
| Cridhe, bonn, àird, teanga, ceum | 55-58 |
| Leth, tarruing, dubh, buille, bàrr | 58-61 |
| Slàn, bun, cluas, rathad, ruith | 61-65 |
| Cruaidh, dearg, bàn, gualainn | 65-67 |
| Aghaidh, geal, amhach, a' toirt | 67-69 |
| Siubhal, giùlan, beag, sineadh, dèan | 69-72 |
| Car, cuairt, còir, taobh, mór | 72-76 |
| Leis, a' dol, gabh, thug | 76-82 |
| Cùm, làmh, aig | 82-89 |
| Air | 89-98 |
| Ris, buail, leum, ceangail, gréim | 98-101 |
| Latha, tioram, beum, aon, dhà | 101-105 |
| Saoghal, beò, làn, fàg, fada | 105-108 |
| Gaoth, éirigh, leig, steach, mach | 108-111 |
| Miscellaneous | 111-119 |

INTRODUCTORY

Short Sentences and Phrases in Gaelic with English Equivalents

CUIR

- Cuir am buntàta, *plant the potatoes.*
Cuir an sìol, *sow the seed.*
Cuir teine air, *kindle a fire.*
Cuir thuige an teine, *kindle the fire.*
Cuir às an teine, *extinguish the fire.*
Cuir às da, *destroy him.*
Cuir a mach am bàta, *launch the boat.*
Cuir a steach air, *shorten it.*
Cuir an neo-phrìs, *belittle or depreciate.*
Cuir an suarachas, *consider of little account.*
Cuir an céill, *declare.*
Cuir air chùl, *discard.*
Cuir suas leis, *bear with it.*
Cuir air falbh, *send away.*
Cuir dragh, *trouble.*
Cuir riut féin e, *apply it to yourself.*
Cuir romhad, *resolve.*
Cuir dàil, *delay.*
Cuir an lìon, *shoot the line.*
Cuir sìos air, *miscall him.*
Cuir eagal air, *frighten him.*
Cur-na-mara, *sea-sickness.*
'Cur an t-sneachda, *snowing.*

'Cur nan itean, *moulting.*

Cuir fios orm, *send for me.*

Cuir fios thugam, *send word to me.*

Cuir an aghaidh, *oppose.*

Cur-a-mach, *eloquence.*

Dé a tha ag cur ort ? *What is wrong with you ?*

Ag cur umhail air, *noticing something strange about him.*

Chuir e truas orm, *I pitied him.*

Ag cur ás a leth, *accusing him.*

Ag cur a leasain roimhe, *teaching him his lesson.*

Ag cur thuige neach, *exasperating a person.*

Ag cur ceiste air, *asking him a question.*

Ag cur air seacharan, *leading astray or misleading.*

Cuir an làimh e, *arrest him.*

Chan 'eil cur-leis ann, *he lacks perseverance.*

Ag cur troimh a chéile, *upsetting or inciting discord.*

Ag cur sùla ann, *coveting it.*

Na cuir stad orm, *don't interrupt me.*

Ag cur a mach air a chéile, *causing discord.*

Cuir air falach e, *hide it.*

Cuir bodach air, *frighten him.*

Cuir Beurla air, *translate it into English.*

Cuir 'na shùil, *suggest to him.*

Is math a chuir ris, *it was fortunate for him.*

Cha chuir mi maide 'na phàirt, *I shall not overtake him.*

Gu blas a chur air seanachas, *to lend spice to a tale.*

An cuir thu an dòrnag orm ? *Can you cast the stone farther than I ?*

Ag cur mu a chorragan, *bamboozling a person.*

TOG

Tog an tigh, *build the house.*

Tog an teine, *kindle the fire.*

Tog am buntàta, *lift the potatoes.*

Tog an lìon, *haul the line.*

Tog a' phrìs, *raise the price.*

Thog iad air gu, . . . *they accused him of . . .*

Tog an acair, *weigh the anchor.*

Thog a' ghaoth, *the wind abated.*

Fear togail nan Salm, *the precentor.*

Thog mi dheth gu . . . *I understood from him that . . .*

Tog ort dachaidh, *go away home.*

Duine a' togail air, *a man prospering.*

Tog do dhealbh, *get your photograph taken.*

A' togail air falbh, *leaving or carrying off.*

A' togail do an arm, *calling to the colours.*

Thog e fianuis, *he has become a church member.*

A' togail air bainne, *rearing on milk.*

A' togail a nàduir, *provoking him.*

A' togail ùine, *spending time.*

Bainne togalaich, *skimmed milk.*

An do thog e ceann? *Has he been found?*

Thog iad mullach na beinne, *they sighted the summit of the hill.*

Air a thogail 'na éildear, *nominated for an elder.*

A' togail nan ainmean, *getting signatures.*

CEANN

Ceann-goirt, *headache.*

Ceann an rathaid, *the end of the road.*

Cuir ceann air an tigh, *roof the house.*

Air ceann-turuis, *on business.*

Cuir ceann a steach, *shorten sail by a reef.*

Thug e droch cheann domh, *he ill-treated me.*

'Na dheagh cheann balaich, *very kind to boys.*

Air ceann sreatha, *by degrees.*

Air ceann a stocainnean, *in his stocking soles.*

Ag cur cheann an stocainnean, *footing stockings.*

Air a' cheann thall, *ultimately, or, at long last.*

An ceann a chéile, *put together or mixed together.*

Ceann-adhart, *pillow-end (of bed).*

A' seasamh air a cheann-dìreach, *standing on his head.*

A mach air a cheann-dìreach, *falling out headlong.*

Thug e a cheann fodha, *he disappeared.*

Ceann a' bhucais, *the lid of the box.*

Ag cur 'na cheann (of self), *resolving.*

Ag cur 'na cheann (of another one), *suggesting to him.*

Ard a chinn, *at the top of his voice.*

An ceann ùrnuigh, *engaging in prayer.*

An ceann mo ghairme, *attending to my duties.*

A' dol an ceann, *making headway.*

Gaoth an ceann, *head-wind.*

Ceann-tìdhe, *destination.*

As a cheann féin, *of his own accord, or, on his own initiative.*

Air a cheann féin, *on his own account.*

A' tighinn gu aona cheann, *coming to a climax.*

Na caill do cheann, *don't get excited.*

Mios air a ceann, *a whole month.*

Có a chuir 'nad cheann? *Who made you imagine.*

Air ceann na spaide, *delving with a spade.*

Cumaidh i ceann a' mhaide riut, *she will give you a Roland for your Oliver.*

Ceann gun bhuidh, *a luckless person.*

BEUL

Beul an latha, *daybreak.*

Beul na h-oidhche, *nightfall or dusk.*

Beul na h-acarsaid, *the entrance to the roadstead.*

Ag cur a mach air beul, *overcrowded or overflowing.*
 Port-a-beul, *mouth-tune.*
 Beul na mara, *the edge of the sea.*
 Daoine beulach, *flatterers.*
 Am beul a' bhaile, *on everybody's lips.*
 Droch-bheul, *impudence or miscalling.*
 Beul ro luath, *indiscreet in speech.*
 Beul gun phutan, *an uncurbed tongue.*
 An comhair a bheòil, *falling forward.*
 A beul a chéile, *speaking simultaneously.*
 Beul a' bhàta, *the side or gunwale of the boat.*
 Beul air gualainn, *without reticence.*
 A' tuiteam air a' bheul fodha, *falling upside down, or, falling prone.*

SUIL

Tha sùil aige, *he expects.*
 Sùil 'gan tug e, *when he glanced.*
 Mo shùil às a dheidh, *I grudge it.*
 Dìreach air a shùil! *Just so! Exactly, precisely.*
 Sùil na gaoithe, *the teeth or face of the wind.*
 Am prioba na sùla, *in a twinkling.*
 Ag coimhead fo an t-sùil, *casting stealthy glances.*

CAS

Cas na spaide, *the handle of the spade.*
 Casan-deiridh, *hind-legs.*
 Casan-toisich, *fore-legs.*
 Casan-cinn, *fore-legs.*
 An cois na cloinne, *in charge of the children.*
 Rì cois na mara, *close by the seashore.*
 Mu na casan againn, *will be soon upon us.*
 Eadar cheann is chasan, *bodily, neck and crop.*

Leig cead a chois leis, *leave him alone, or, let him go ; set him free.*

Air an cumail air chois, *still observed.*

Thug e a chasan leis, *he showed a clean pair of heels.*

An cù 'na chois, *accompanied by the dog.*

Cuir cas-bhacaig air, *trip him, or, frustrate.*

An t-àrbhar air a chois, *the corn as it grew ; corn-stalk, seed, and all.*

Air a chois-chaoil, *nearly finished.*

A bhéist air do chasan ! *You monster !*

SRON

Dùinte air a shròin, *slammed in his face.*

Timchioll na sròine, *round the point.*

Ag gabhail fo a shròin, *running off.*

Có an t-sròin do am fuaire ? *Who will be the sufferer ?*

CUL

Air cùl gaoithe, *sheltered from the wind.*

An comhair a chùil, *backwards.*

Cùl na tuinne, *beyond the breakers.*

Cùl nan cóig riut ! *Avaunt ! Off with you !*

Chan 'eil cùl innte, *she has no backbone.*

DRUIM

Drùim an rathaid, *the middle of the road.*

Drùim a' bhàta, *the keel of the boat.*

Air drùim a' bhaile, *in the whole village.*

Drùim an tighe, *the ridge of the house.*

Drùim a' chuain, *the open sea.*

Air a dhrùim-dìreach, *flat on his back.*

A' leantuinn air do dhrùim, *taking advantage of your kindness.*

CRIDHE

An geall mo chridhe, *I am very eager.*

Cridhe na tràghad, *low water or dead ebb-tide.*

Cridhe na h-àirde deas, *exactly due south.*

A dhuine chridhe! *Dear me! or Well, well!*

A chridhe 'na shlugan, *in a panic, or, his heart in his mouth.*

Cha robh a chridhe agam falbh, *I was not allowed to go, or,*
I dare not go.

A chridhe ri bualadh, *his heart thumping or beating.*

BONN

Bonn airgid, *a coin.*

Bonn na creige, *the base of the crag.*

Bonn a' bhalla, *the foundation of the wall.*

Le leum cheithir-bonn, *at full gallop.*

LARACH

Làrach nam bonn *exact place where standing, or, on the*
spot, immediately.

Làrach math airson tighe, *a good site for a house.*

Làrach na buille, *the mark of the blow.*

AIRD

Ard-fheasgar, *well on in the evening.*

A' ghrian 'na h-àirde, *midday.*

Air àird a' mheadhoin latha, *at midday.*

Air àird a' chuain, *on the open sea.*

Chan 'eil an àirde air, *he is short of the required height.*

CEUM

Beagan de cheum, *slightly lame.*

Ag coiseachd ceum air cheum, *sauntering along.*

Thoir ceum às, *move on or hasten your pace.*

A' toirt ceuma leatha, *exaggerating or drawing the long-bow.*

LETH

Leth choma, *somewhat indifferent or half-hearted.*

Air leth glic, *exceptionally wise.*

Air leth làmh, *one-handed.*

A' dol às mo leth, *taking my part.*

A' fuireach air leth, *living apart.*

Ceud gu leth, *one hundred and fifty.*

As a leth uair, *in no uncertain manner.*

Cuir leth riut e, *put it next your skin.*

TARRUING

A' tarruing às, *teasing him.*

A' tarruing buairidh, *causing dispeace, or, inciting a quarrel.*

An simileir a' tarruing, *the chimney venting.*

An do tharruing an tea? *Has the tea infused?*

A' tarruing na h-acrach, *dragging the anchor.*

A' tarruing dhaoine, *attracting people.*

Thug mi tarruing air, *I pulled it, or, I attempted it.*

A' tarruing na h-eathrach, *hauling the boat.*

Tarruing brògan domh, *order boots for me.*

A' tarruing an àrbhair, *carrying home the corn.*

Tha an latha a' tarruing air, *the day shows signs of a coming storm.*

DUBH

Is dubh dhasan, *he'll get his blessings, or, he'll have the deuce to-pay.*

Dubh-fhacal, *a riddle.*

Sgoil-dubh, *magic or black art.*

Dùbh-ghràin, *disgust.*

Do latha-dubh, *your ruin.*

A dhubh no a gheal, *either dead or alive, or, any trace of him.*

Bho mhoich gu dubh, *from morn till night.*

BUILLE

Buille sùla, *a glimpse.*

A h-uile buille, *every whit.*

Air a bhuille-trot, *in spite of him.*

A' bhuille a thàinig air, *the catastrophe that befell him.*

Buille cridhe, *heart-beat.*

Buille le ràmh, *a rowing stroke.*

BARR

Barr mo mheòir, *the tip of my finger.*

Barr na slaite, *the point of the rod.*

Barr a' bhalla, *the top of the wall.*

A bheir barr air, *that excels him.*

Barr na tàlmhainn, *crops or produce.*

Barr air bainne, *cream.*

SLAN

Slàn ann an corp, *healthy in body.*

Slàn ann an inntinn, *sound in mind.*

Thoir slàn domh e, *give it to me intact.*

Slàn leat ! *Good-bye !*

Shlànaich an lot, *the wound has healed.*

Bha seòl slàn rithe, *she was under full sail.*

BUN

Bun na h-aibhne, *the mouth of the river.*

Aig bun-sgòtha, *on the horizon.*

'Gam buain às am bun, *pulling them by the roots.*

Bun-obair, *futile effort.*

Is e bun na bha ann, *the outcome of it was.*

Am bun na h-oibre, *attending to the work.*

CLUAS

Bioraich do chluasan, *listen attentively.*
 Ag cumail cluaise, *heeding.*
 A' leigeadh mu a chluasan, *turning a deaf ear.*
 Cluas an lìn, *the corner of the net.*
 Cluas na tràghad, *extreme end of sands.*
 Thoir cluas bhodhar da, *turn a deaf ear to him.*

DOL

A' dol às an rathad, *being destroyed or being wrecked (of a sea-craft).*
 Am beil a' dol leis ? *Does he succeed ?*
 Tha mi a' dol leat, *I agree with you.*
 A' dol an daoiread, *getting dearer.*
 Am beil a' dol agad ? *Do you manage ?*
 A' dol às, *escaping, fading, becoming more feeble.*
 Dol fodha na gréine, *sunset.*
 Do dhol-a-mach, *your behaviour.*
 Anns a' cheud dol a mach, *at the outset.*
 A' dol às a chnàmhan, *dislocating his bones.*
 A' dol a dhìth, *dying or wasting.*
 Air a dhol deth féin, *making a fool of himself.*

RUIITH

Ruith an còmhradh, *stuttering.*
 A' ruith air an uisge, *dissolving in water.*
 A' ruith air teangaidh, *running through the mind.*
 A' ruith anns an fhuil, *hereditary trait.*
 A' ruith leis, *running before the wind.*
 Air an aon ruith, *much alike.*
 A' ruith caol, *narrowly escaping.*
 Air ruith a mach, *finished, exhausted.*

A' ruith air mi-shealbh, *courting disaster.*

Cha bu ruith ach leum, *would gladly seize the opportunity, or, would jump at it.*

Bha e 'na dhian ruith, *he was running at full speed.*

CRUAIDH

Sgriob chruaidh air a' ghaoith, *a stiff breeze of wind.*

A' seasamh cruaidh ag coimhead, *standing stock still and staring.*

Bithidh e cruaidh ort, *you will scarcely . . .*

Cruaidh air a' ghaoith, *very near the wind.*

Cruaidh-leum, *a bounding-leap.*

Snàim cruaidh teann, *a secure knot.*

Balach cruaidh, *a hardy boy.*

Cho cruaidh ri a athair, *as greedy as his father, or, skinflint like his father.*

Feumaidh mi a bhi cruaidh air, *I must be strict with him.*

Tha cruaidh fheum aige air, *he is in sore need of it.*

Cuir a mach a' chruaidh, *drop the stone-anchor.*

DEARG

Dearg-chuthach, *violent outburst or flaming rage.*

Dearg amadan, *a stupid fool, or, arrant fool.*

A' deargadh air, *making an impression on him.*

Dearg eagal a bheatha, *in mortal terror of his life.*

GUALAINN

Air an ath ghualainn, *on the next tack.*

A' sealltuinn thar guaille, *giving a side glance.*

AGHAIDH

Air aghaidh na gréine, *facing the sun.*

Air aghaidh na gaoithe, *exposed to the wind.*

A' bualadh 'nam aghaidh, *coming face to face with me.*
Ann an aghaidh chàich, *in opposition to the others.*

TOIRT

A' toirt gàire orm, *making me laugh.*
A' toirt a mach an toraidh, *bewitching cattle.*
A' toirt a mach an fhoghlaim, *in course of being educated.*
A' toirt seachad sgoile, *teaching.*
A' toirt na leapa air, *taking to his bed.*
A' toirt a mach na buaidhe, *obtaining the victory.*
A' toirt fainear, *realising.*
A' toirt suathalais thuige, *making a good guess at recognising him.*
Gu Màiri a thoirt a mach, *to win Mary's affection.*
A' toirt a steach air, *overtaking him or reminding him.*

SIUBHAL

Air mo shiubhal, *upon my person.*
Air siubhal a' bhaile, *within the village.*
Ag gabhail 'na shiubhal, *getting frightened.*

CAR

Car mu char, *rolling.*
Car mu chnoc, *giving the slip or dodging.*
A' toirt mo char asam, *deceiving me.*

CUAIRT

Air mo chur mu'n cuairt, *I was much upset.*
Ag cuairteachadh an aoraidh, *conducting worship.*
Ag cur bàta mu'n cuairt, *turning a boat for a fresh tack.*

COIR

Tha còir agam, *I have a right.*
 Is còir domh, *I ought to.*
 Tuilleadh 'sa chòir, *more than enough.*
 A thighinn an còir, *to come near.*

MOR

Mór aig a chéile, *very friendly, or, each holding the other in great esteem.*
 Is mór sin an so, *that is of little consequence to me.*
 Air an t-saoghal mhór, *in all the world.*
 Mór ás an litir, *proud of the letter.*
 Is mór a bheireadh orm e, *I would be very sorry to do that.*
 Is mór ormsa, *far be it from me.*
 Mór ás féin, *very conceited.*
 Leis an fhearas-mhór, *with conceit.*
 Cha mhór nach robh e, *he was almost.*
 Tha sgoil mhór aige, *he is well educated.*
 Moch-éirigh mhór, *a very early rising.*
 Tha làn mór ann, *there is a very high tide.*
 Fhuair e latha mór, *he lived to a good old age.*

LEIS

Leig leis, or, Leig dha, *leave him alone, or, let him be.*
 Leis féin, *alone.*
 Am fear leis am bu leis e, *the rightful owner.*
 Ag cluiche leis a' ghealaich, *playing in the moonlight.*
 A' dol leis na creagan, *falling over the cliffs.*
 Air falbh leis a' ghaoith, *carried off by the wind.*
 Leis an t-sruth, *down stream.*

GABH

Ag gabhail air fhaicinn, *judging by appearance.*

Na gabh ort, *do not dare, or, do not presume.*

An do ghabh an teine? *Has the fire kindled?*

An do ghabh thu air? *Did you put him to flight? or, Have you chastised him?*

Gabh aig an arbhar, *secure the corn.*

Ghabh a shùil air, *he coveted it.*

An gabh a' chrò iad? *Can the fold hold them?*

Ag gabhail aig an iasgach, *engaging for the fishing.*

Ag gabhail 's an arm, *enlisting in the army.*

Ag gabhail ri beatha, *doing away with life.*

Ag gabhail òrain, *singing a song.*

Bàta ag gabhail air sgeir, *a boat aground on a rock.*

Gabh romhad, *proceed.*

Ag gabhail do naidheachd, *asking for you.*

THUG

Thug e beum orm, *he found fault with me.*

Thug e orm, *he made me.*

Thug e leum às, *he gave a bound.*

Thug e toll air, *he made a hole in it.*

Dé a thug thu air? *What did you pay for it?*

Dé a thug ort? *What made you?*

Thug e sud bho a athair, *he inherited that trait from his father.*

CUM

An cùm i a ceann ann? *Will she ride the storm?*

Ag cumail a mach, *maintaining.*

Ag cumail orm féin, *restraining myself.*

Ag cumail ris, *keeping up well,*

Ag cumail suas teaghlaich, *providing for a family.*

Cùm rithe, *pull ahead.*

Cùm fodha, *pull astern, or, back water.*

Cùm agad, *pull astern.*

Cùm oirre, *keep her going.*

Cùm air, cùm air! *Pile on, pile on!*

Ag cumail ri a chéile, *courting each other.*

Air a chumail ri port, *storm-stayed.*

LAMH

Tilg fad do làimhe, *throw with all your might.*

Fo làmhan a cheile, *in a spirit of rivalry.*

Tha e math air a làmhan, *he is a handy man.*

Mo làmh-sa dhuit, *I assure you.*

CAIRICH

Càirich an leabaidh, *make the bed.*

Càirich air a' bhòrd e, *place it on the table.*

Càirich na brògan, *repair the boots.*

LEIG

A' leigeadh ort, *pretending.*

A' leigeadh beannachd leis, *bidding him good-bye.*

A' leigeadh a mach air, *extending it.*

A' leigeadh mo sgìos dhìom, *taking my rest.*

A' leigeadh ris duit, *showing you.*

A' leigeadh air at, *lancing an abscess.*

Leig thusa leat, *you will suffer yet.*

Tha e air leigeadh roimhe, *he is quite exhausted.*

MULLACH

Mullach na beinne, *the summit of the hill.*

Mullach an tighe, *the ridge of the house.*

Mullach na cruaiche, *the top of the stack.*

OIR

Oir an rathaid, *the border of the road.*

Oir a' bhucais, *the edge of the box.*

RUSG

A' rùsgadh chaorach, *shearing sheep.*

A' rùsgadh bhuntàta, *peeling potatoes.*

MARBH

Tha e glé mharbh, *he is very lifeless.*

Tha a ghàirdean marbh, *his arm is limp, or, paralysed.*

BIL

Bil na creige, *the edge of the precipice.*

Bil na tuinne, *the crest of the wave.*

Bil na mèise, *the rim of the basin.*

FALLAIN

Duine fallain, *a healthy man.*

Biadh fallain, *wholesome food.*

Teagasg fallain, *sound doctrine.*

BUAIL

A' bualadh an arbhair, *threshing the corn.*

A' bualadh an doruis, *knocking at the door.*

A' bualadh a' chluig, *ringing the bell.*

A' bualadh ann an inntinn, *occurring to one's mind.*

Ubh air a bhualadh, *a beat egg.*

A' bualadh a chéile, *hammering one another.*

TIUGH

Bainne tiugh, *thick milk.*

Nighean thiugh, *a stout girl.*

Tiugh air na creagan, *plentiful on the rocks.*

CEANGAL

An té a tha ceangailte riut, *your wife.*

Glé cheangailte ris, *very much attached to him.*

Ceangal na bà, *the cow's tether.*

Ag ceangal nan cruach, *securing the stacks.*

TAOBH

Air taobh an fhuaraidh, *on the weather side.*

Air taobh an fhasgaidh, *on the lee side.*

An taobh a bha sinn, *in our direction.*

SMUID

Duine le smùid air, *a drunk man.*

Bha smùid aca air buain, *they were busy reaping.*

Smùid na mara, *sea-spray.*

Smùid an rathaid, *dust-cloud.*

BAN

Eaglais bhàn, *a church without a pastor.*

Deoch-bhàn, *thin gruel.*

Talamh air a chur bàn, *land cultivated without manure.*

DUISG

A' dùsgadh chlach, *quarrying stones.*

A' dùsgadh a nàduir, *provoking him.*

CART

Ag cartadh lìon, *barking lines.*

Ag cartadh bàthaich, *cleaning out a byre.*

GIULAN

Ag giùlan le càch a chèile, *bearing with one another.*

Chunnaic mi giùlan, *I saw a phantom-funeral.*

Tha reusan ag giùlan, *it stands to reason.*

Ghiùlain se e féin, *he conducted himself.*

DEAN

Dèan às! *Bolt away!*

A' dèanamh a bhìdh dheth, *making headway.*

Dèan càl no brochan deth, *make a spoon or spoil a horn.*

A' dèanamh falach-cuain, *leaving behind in her wake.*

Bàta a' dèanamh aodaich, *a boat hoisting sail.*

Cha dèanainn facal a mach, *I could not understand a word.*

Tha mi a' dèanamh dheth, *I understand.*

A' dèanamh suas ri té eile, *courting another girl.*

A' dol a dhèanamh latha math, *turning out a good day.*

Dèan seanachas, *tell a story.*

Dèan suidhe a steach ris an teine, *sit in by the fire.*

A' dèanamh òrain, *composing a song.*

PRONN

A' pronnadh chlach, *breaking stones.*

A' pronnadh buntàta, *mashing potatoes.*

A' pronnadh a chèile, *pounding one another.*

PUT

Phut e orm, *he nudged me.*

A' putadh na tàlmhainn, *stake the earth.*

CRATH

Ag crathadh uisge, *sprinkling water.*

Ag crathadh connlaich, *shaking straw.*

Crathadh-làimhe, *a hand-shake.*

Craobh ag crathadh ri gaoith, *a tree swaying in wind.*

TEANN

Teann am fagus, *come near.*

Teann air falbh, *go away.*

A' teannadh ri tìr, *approaching land.*

A' teannadh ris an àiteach, *starting the spring-work.*

Teannaich an taod, *tighten the rope.*

Ceist theann, *a stiff question.*

MOR

Clò mór, *Harris-tweed.*

Peitean mór, *a sleeved-vest.*

UR

Leabhar ùr, *a new book.*

Iasg ùr, *fresh fish.*

SPARR

Sparr e orm, *he urged me.*

Sparr nan cearc, *the hen-roost.*

AIG

Tha tasdan aige orm, *I owe him a shilling.*

Tha thu agam a nis, *I understand you now.*

Chan 'eil aige ach an òige, *he is but young*

Chan 'eil aige-san air, *he is scarcely all there.*

Cha robh e aige féin, *he was not himself.*

Dé a tha agad air ? *What think you ? or, What does he owe you ?*

An duine aig Màiri, *Mary's husband.*

Tha a' chead aige, *no one cares or, let him.*

Aig peileir a bheatha, *at full speed, or, for dear life.*

Fhuaras agad e, *you have just said it.*

Na biodh a dh'anam agad, *do not have the audacity.*

Is beag is motha aige-san, *little does he care.*

Tha eagal agam romhad, *I am afraid of you*

Is math leamsa aige e, *I don't grudge it to him.*

Am beil na litrichean aige ? *Does he know the alphabet ?*

Bithidh ceannach agad air, *you will suffer the consequences.*

Tha fhios aig an t-saoghal, *every one knows.*

Bithidh mi agad air a' mhionaid, *I shall be with you presently.*

Is ann agad a tha an latha dheth, *You have a fine time of it.*

Tha i agam ort ! *You must stand your hand to me ! or, I have forestalled you !*

Chuala mi aige, *he told me.*

Tha an dà-fhradharc aige, *he has the second sight.*

Tha mi air mo leòn agad, *I am wounded by you.*

s e an t-amadan a tha aige orm, *he calls me the fool.*

AIR

Tha an cianalas air, *he is home-sick.*

Mar a chaidh iarraidh air, *as he had been asked.*

Leis nach robh mi eòlach air, *not being acquainted with him.*

A' brath air leantuinn ris, *likely to stick to him.*

Tha mi deònach ort, *I am ready to fight you.*

Thig air ball, *come at once.*

Ag cluiche air ball, *playing with a ball.*

Cha robh air ach falbh, *there was no alternative but to go.*

Air a cheangal cho cruinn ri mult, *bound hand and foot.*

An robh thu air ruighinn ? *Had you arrived ?*

A' cho daor 's gu'm beil e, *however dear it may be.*

Dé an t-ainm a tha air ? *What is his name ?*

A mach air an uinneig, *out of the window.*

A mach air a' mhuir, *into the sea.*

Tha mi air mo dhòigh, *I enjoy life ; I am comfortably provided for ; I am pleased.*

Is e Tormod a tha air, *his name is Norman.*

Dé a rinn e ort ? *What did he do to you ?*

A' tilgeadh orm, *taunting me, or, casting up to me.*

A' dol a mach orm, *quarrelling with me.*

Air an tàinig an dà latha, *who has seen changed days.*

An claigninn a chéile, *quarrelling, or, at loggerheads.*

Feuch thusa riut ! *Just you think ! or Just think of it !*

Bheir mise ort ! *I will deal with you !*

'Ga do thoirt air falbh, *enticing you away.*

Air àrd éideadh, *well dressed.*

Ag cur bus mór air, *turning indignant.*

Leag sinn croinn air, *we cast lots for it.*

Air tuiteam uaithe, *losing vigour.*

A' bruidhinn air thuaiream, *speaking at random.*

Air cho math is gu'm beil e, *good as he is.*

Tha a' bhuil ort, *The effect is evident on you, or, it is well seen by you.*

Air fhàgail lom fàs, *left desolate.*

A' faighinn air dhàil, *obtaining on credit.*

Thoir às m' fhianuis ort ! *Clear out of my sight !*

Cha deachaidh iaradh air, *he did not pause.*

Tha e trom air a' phìob, *he is a heavy smoker.*

Am beil nàire ort ? *Are you ashamed ?*

Chan 'eil lorg air, *there is no trace of him.*

As mo shealladh ort ! *Clear out of my sight !*

Is ann ort a tha an fhaochag, *you are very bold.*

Mur a greas thu ort, *if you don't hurry.*
 Thoir am baile muigh ort! *Clear away outside!*
 Siuthad, tog ort! *Come, and hurry on!*
 A tha air sgeula, *that can be traced.*
 Dé a bha e ort? *What did you pay for it?*
 Chan 'eil cothrom air, *it cannot be helped.*
 Bu bheag orm, *I disliked.*
 Is lugha orm, *I dislike.*

MISCELLANEOUS

Bu mhór am beud, *it would be a pity.*
 Is docha leam, *I prefer.*
 Is dòcha leam, *I think it more likely, or, I presume.*
 Mur a b'e glé bheag, *only for very little.*
 Fada nan cian, also, Fada nam fada, *for ages.*
 Cha bu gheamha leam, *I had rather lose.*
 A dh' aon obair, also, A dh'aon bhàghadh, *purposely.*
 Bho chein nan cian, *for ages (past).*
 Gu cian nan cian, *for ages (future), or, for ever.*
 Sop as gach seid, *rambling remarks.*
 Runnag 's an oidhche fhrasaich, *few and far between.*
 Maol anns a' chlaistneachd, *dull of hearing.*
 Bu mhath an airidh, *it were well deserved.*
 B' olc an airidh, *it were a pity.*
 Cha bu ghann nach . . . *There was no lack of . . .*
 Faire, faire! *Dear me, dear me!*
 A dh'aon chuid, *any way, or, in any case.*
 Ach coma co-dhiùbh, *but, at any rate.*
 Air a shon sin, *for all that.*
 Is aithne dhomh e, *I know him.*
 Is buidhe dhuit, *you are lucky.*
 Is éiginn domh, *I must.*
 Is mairg dhuit ma . . . *Pity you if . . .*

AND EXPRESSIONS

Is gann orm, *I can hardly.*

Is eagal leam, *I fear.*

Is dual domh, *it is natural to me.*

Coma leat, *Don't bother.*

B' fhearr leam, *I had rather.*

Chan ioghnadh leam, *I do not wonder.*

Mar nach b' olc, *tolerably well.*

Is math a fhuaras tu, *You have done well, or, you did splendidly.*

Stad thusa ort *You just wait!*

Ach ged a bha, *but, after all.*

Thuiqe tha, thuige tha! *Almost, almost!*

Màthair-aobhar na cùise, *the real cause of the matter.*

Màthair-uisge, *source of a river.*

Deò-gréine, *a sunbeam.*

Deò gaoithe, *a breath of wind.*

Clàr an aodainn, *the forehead.*

Tighinn-a-steach, *income.*

Feusag dhùinte, *full whiskers.*

Duine leam-leat, *a fickle man, or, a double-faced (deceitful) man.*

Càirdeas fada às, *distant relationship.*

Breacan á baile, *dressed for a journey.*

Sgrìob liath an Earraich, *disaster, or, destitution.*

Seana mhaor eòlach, *an old acquaintance, or, an expert (at the job.)*

Earbull 'san deigh, *stranded.*

Blas na Beurla, *trace of English accent.*

Imlich na corraig, *keeping some for oneself.*

Di-beatha, *welcome.*

Is e do bheatha, *you are welcome.*

An tòir air, *in pursuit of him.*

As a chéile, *asunder.*

GAELIC IDIOMS

- An t-seachduin so chaidh, *last week.*
 An latha roimhe, *the other day.*
 Uair air chor-eigin, *some time or other.*
 Mo ghille math ort ! *My good fellow !*
 A bhalaich ort ! *My good fellow ! or, My lad !*
 Mo chreach-sa a thàinig ! *Woe's me !*
 Ceannaiche air briseadh, *a bankrupt merchant.*
 Trom air an deoch, *addicted to drink.*
 Am fear a tha ris na caoraich, *the shepherd.*
 Sgrìob do an bhaile, *a trip to the town.*
 Airgiod-ullamh, *ready money.*
 Ad-mholach, *a silk-hat.*
 Làn de 'n t-saoghal, *very worldly.*
 Cù air chall, *a stray dog.*
 Ceithir thimchioll a' bhaile, *right round the town.*
 Gu h-aon is gu dhà, *coming to a crisis.*
 Tìde 'na h-ionad, *seasonable weather.*
 A muigh agus a mach, *out and out.*
 Gu ìre bhig, *almost.*
 An ainm an Aigh ! *For goodness sake !*
 A chiall beannaich mise ! *Goodness me !*
 Ma b' fhìor da, *as he imagined.*
 Am measg na tuatha, *among the peasantry.*
 Buileach glàn, *completely.*
 Lorgan-chas, *foot-prints.*
 Moladh an t-saoghail, *the applause of all.*
 An dubh-éiginn, *dire necessity.*
 Duine dèanta, *a well-built man.*
 Bho bhun gu barr, *all in a nut-shell.*
 Uisge nan seachd sìon, *a downpour of rain, or, a perfect deluge of rain.*
 Ri tìde a' bhaile, *up to the scratch.*
 Latha de na làithean, *one of those days.*

AND EXPRESSIONS

- Bliadhna a bharrachd ormsa, *a year older than I.*
 An deidh sin 's na dheidh, *but, after all.*
 Briseadh na faire, *daybreak.*
 Eadar fhìrinn is mhagaireachd, *half-jesting.*
 Mo theachd-an-tìr, *my livelihood, or, subsistence.*
 Mo bheò-shlainte, *my livelihood.*
 Air m' fhacal, *upon my word.*
 Air an aon fhacal, *of the same opinion.*
 Cuid oidhche, *a night's hospitality.*
 An t-ainm gun an tairbhe, *only nominal, or, much cry,*
 little wool.
 Claigeann toisich a' bhàta, *the stem of the boat.*
 Ann an toiseach a' bhàta, *in the prow of the boat.*
 Ann an deireadh a' bhàta, *in the stern of the boat.*
 Tioram tràighte air a' mhol, *high and dry on the beach.*
 Air aran lomnochd, *on bare bread.*
 Air an dallanaich, *very drunk, or, blin' fou.*
 A' mhaise-mhullaich, *baldness.*
 Meur de an Chomunn, *a branch of "An Comunn."*
 Eadar dà cheann sgìre, *from end to end of a parish.*
 Duine fo an choill, *a fugitive.*
 Ag gabhail os làimh, *undertaking anything.*
 Ann an riochd boireannaich, *disguised as a woman.*
 Thàinig orm falbh, *I had to go.*
 Dé a dh'éirich dhuit? *What happened to you?*
 Cha tig às duit, *it does not become you.*
 A' tighinn a steach orm, *occurring to my mind.*
 Ri tighinn rium, *suiting me.*
 Bha e rium, *he scolded or whipped me.*
 Na'n rachadh e ri a athair, *if he were like his father.*
 Cho luath agus a tha agad, *as quickly as you can.*
 Na daoine de am beil mise, *my kith and kin.*
 A' leughadh an eagail, *realising the danger.*

GAELIC IDIOMS

Ma dh'éireas ormsa, *if I am provoked, or, if I am roused.*

Bha e gu math sàillte, *it was very dear.*

A' toirt a steach talmhainn, *reclaiming land.*

A thog beò slàn e, *that lifted it bodily.*

Duine bu duine dhuit, *any of your re'ations.*

Nach e a tha falamh ? *Isn't he stupid ? or, What a ninny he is.*

'Ga do thoirt an mhòinteach, *going up your sleeve, or, misleading you.*

A' faighinn do dhuirgh ás, *getting out of your difficulty.*

Thàinig làn mór oirre, *she was much overcome.*

Is ann a tha mise dhuit, *what surprises me.*

A' strì ri muir, *seafaring.*

A' tighinn ris, *becoming visible, or, suiting him.*

Theab e tuiteam, *he almost fell, or, he just missed falling.*

Leis cho tinn agus a bha e, *as he was so ill.*

Beulach agus mar a tha e, *plausible as he is, or, mealy-mouthed as he is.*

Cha b'uilear leam sin, *I would expect that, or, I would require that.*

Ma tha e an dàn domh, *if I am destined.*

Is e mo chuid falbh, *I shall have to go.*

A thaobh 's gu'm beil e, *because he is.*

Gun fhios nach tig e, *in case he might come.*

Ma thogras tu féin, *if you feel inclined.*

Chan 'eil, no taing air a shon, *no, nor anything like it.*

Chan 'eil gréim bidh, *there is not a morsel of food.*

Os àrd no os ìosal, *openly or secretly.*

Duine fuar fada ás, *a cold distant man.*

Cha bu mhisde e sin, *he would not be the worse of that.*

Seachd neo-ar-thaing dhuit ! *Very little thanks to you !*

Is e a bha uam gu . . . *What I wanted was . . .*

Chaidh innseadh dhomh, *I have been told.*

AND EXPRESSIONS

Tha e 'na shaor-geal, *he is a joiner.*

Tha e 'na shaor-dubh, *he is a boat builder.*

Ma 's e bhur toil e, *if you please.*

Tha mi ag guidhe ort, *I beseech you.*

Eadar e féin ! *I have better fish to fry ! or, My aspirations are higher !*

Tha e 'na chùis-bhùirt, *he is a laughing stock.*

Anns an aon choire-teth, *in the same turmoil, or, hot water.*

Tha e gus a bhi, *he is nearly dead.*

Chuir e a steach a thìde, *he served his time.*

A mach gu'n tug mi, *off I went.*

Is tu a tha ann fhathast, *you are the same old sixpence.*

Chunnaic mi gu'n robh mi dheth, *I perceived my case was lost.*

Théid an t-aodach a steach, *the cloth will shrink.*

Cia ás a thug thu a' choiseachd ? *Where did you come from ?*

Is tu a chaidh ris, *you did not spare him.*

Ma 's tu a tha ann, *if it be you.*

Ghabh e thuige féin, *he realised that.*

Troimh a chéile is cnatan, *suffering from an epidemic of colds.*

A' nochdadh air faire, *appearing on the horizon.*

Chan 'eil mur a bhiodh ann, *it is flawless.*

An do sgaoil an eaglais ? *Have the people come out of church ?*

Chunnaic mi uam e, *I saw him at a distance.*

Ag còmhradh beag ris féin, *muttering to himself.*

Mar fhear 's an t-sreath, *like any ordinary man.*

A' snàmh ann an cuid chàich, *living sumptuously on others.*

A' dearbhadh air mo bhus, *proving down my throat.*

Tha a dh'aon rud air, *there is one thing about him.*

An obair ris am beil e, *his present occupation.*

GAELIC IDIOMS

- An latha a gheibh thu bàs, *your dying day.*
 Gheibh thu an t-sitig, *you shall be thrown out.*
 Leig i sgread aisde, *she screamed.*
 Beum aodaich, *a swatch, a sample, or, a cutting.*
 Beum claidheimh, *a sword-stroke.*
 Beum arbhair, *a sheaf of corn.*
 A dh'aon bheum, *all of a sudden.*
 Le crios mu a meadhon, *with a belt round her waist.*
 Ann am meadhon an t-sluaigh, *among the people.*
 Ag ràdh às is às, *making it positive.*
 A' phìob mhór, *the bag-pipes.*
 Cuir thuige do phìob, *light your pipe.*
 Pìob fo an talamh, *an underground drain.*
 Ag òl tre phìob, *drinking through a tube.*
 Druimeach air thearrach, *topsy-turvy.*
 A mach air toll-doru, *out-of-doors.*
 Chan 'eil rian air nach 'eil, *it cannot possibly be otherwise.*
 A' dol 'na bhrochan, *confusion worse confounded.*
 Eathar a' sgaoileadh, *boat becoming leaky.*
 Sgaoil a mach e, *spread it out.*
 Air a chraobh-sgaoileadh, *published abroad.*
 Aodach a' sgaoileadh, *cloth fraying.*
 Anart air an sgaoiltich, *linen on the bleaching green.*
 A' dol a steach air sheòl eile, *entering by another way.*
 Cuir rithe an seòl, *hoist her sail.*
 Tha an t-slige a' seòladh, *the shell is floating.*
 Sheòl e thugadsa mi, *he directed me to you.*
 Seòl-mara, *a tide.*
 Na biodh sgàth ort, *don't be afraid.*
 Air mo sgàth-sa *for my sake.*
 Fo sgàth na creige, *under the shade of a rock.*
 Rach do an tràigh, *go to the ebb.*
 Tha e muir-tràigh, *it is dead ebb tide.*

AND EXPRESSIONS

- Thràigh iad am botul, *they emptied the bottle.*
 Leig às sin, a dhuine, *let that go, man.*
 A' tuiteam as a sheasamh, *falling on the spot.*
 Ma dh' fhaoidteadh, *it might well be.*
 Mo thruaighe mise ! *Woe's me !*
 An ion 's a bhi marbh, *almost dead.*
 Ach, eadar dhà sgeula, *but, by the way.*
 Suas ris an teine, *up to the fire.*
 Tìormaich ris a' ghréin, *dry in the sun.*
 Seas ris a' bhalla, *stand against the wall.*
 Am beil a' ghrian ris ? *Is the sun visible ?*
 Trang ris an àiteach, *busy at the spring work.*
 Dà chòmhlà ris an dorus, *two leaves to a door.*
 Aig an aon bhòrd ris féin, *at the same table as himself.*
 Carson a bha thu ris ? *Why did you ill-treat him ?*
 Am beil thu ris a' phìob ? *Are you smoking ?*
 Banais-tighe, *a continuation of wedding feast to treat neighbours.*
 Ag ceannach nam preason, *buying the brows.*
 A' bhean-chomhailteachd, *the bridesmaid.*
 An gille-comhailteachd, *the best man.*
 Bean na bainnse, *the bride.*
 Mios nam pòg, *honeymoon.*
 A' faighinn latha mór, *living to a good old age.*
 Air a thighinn gu latha, *advanced in years.*
 Di-luain a' Bhreabain, *punishing on Monday for Sunday's misdeeds.*
 Oidhche na h-imrich, *the night prior to leaving sheiling.*
 Fang nan uan, *fank for taking home lambs from their mothers.*
 Oidhche nam Bannag, *Hogmanay.*
 Di-Sathairn Beag, *the day before a fast-day.*
 Latha na Deireadh-bhuana, *harvest-home.*

GAELIC IDIOMS

- Cluas-chló, *a ninny, a guileless fellow.*
 Bodach-ròcais, *a scare-crow.*
 Eathar anns a' bhruthaich, *boat secured in winter quarters.*
 Cho aosda ris na bruthaichean, *as old as the hills.*
 Cho marbh ris an sgadan, *as dead as a door-nail.*
 Linn a' Chàlbhain, *prehistoric times.*
 Linn Mhic Cruislig, *middle ages.*
 Am a' Phreasaidh, *press-gang period.*
 Am an Dealachaidh, *Disruption of 1843.*
 Bliadhna a' chnàmha, 1846—*potato blight.*
 Bo-bhlàr, *a white faced cow.*
 A muigh air a' bhlàr, *out in the field.*
 Blàr-cogaidh, *a battle.*
 Tha iarrtas gun cheann, *there is great demand.*
 Luideag an ceann cabair, *always on the move.*
 Tha uisge mór ann, *there is heavy rain.*
 Chaidh e féin innseadh dha, *he had his character told him.*
 Am beil guth aig a' ghaoith air sgur? *Does the wind show signs of abating?*
 A thighinn 'nar gaoith, *to come near us.*
 Chunnaic tu do chuid deth, *you have seen the last of it.*
 Mus do sheall mi rium féin, *before I could collect my thoughts.*
 A' fàgail cus còmhraidh, *talking too much.*
 Thàinig buatham fodham, *the thought struck me, or, I was suddenly stirred to action.*
 Thug e ionnsaidh, *he attempted.*
 Tha e 'na dhuine ainmeil, *he is a famous man.*
 A' faighinn cùidhte 's i, *getting rid of her.*
 Bha uair de'n t-saoghal, *there was a time.*
 Ach an latha a bhi fàbharach, *had the day been favourable.*
 Air teangaidh, *by heart.*
 Cha do thuig thu an clò, *you have not grasped the situation.*

AND EXPRESSIONS

Is tu a chaidh às, *you have sadly changed, or, you are only a shadow of your former self.*

Cha téid e a null no a nall, *he never deviates.*

A' leigeadh mo bheatha leam, *granting me my life.*

A ni am mèirleach a sheasamh, *that upholds the thief.*

Thàinig e a mach leis, *he blurted it out.*

Abair thusa sin, *you may well say it.*

Abair e, a bhalaich ! *You bet, boy ! or, You may well say it, lad !*

Thachair an saoghal ris, *he encountered many hardships.*

Tha thu fadalach, *you are late.*

Cha bhi fadal ann, *there will be no delay.*

Ag gabhail fadachd, *longing or yearning.*

Ag cruinneachadh fiodh-cladaich, *gathering drift-wood.*

Thug e spochadh thugam, *he shouted angrily at me.*

Chan 'eil leasachadh air, *it cannot be helped.*

A' dol an olcas, *getting worse.*

Dad as leat, *anything belonging to you.*

Gu sealladh Ni Math ort ! *May Goodness watch over you !*

Latha math leibh ! *Good day !*

Gaelic Idioms and Expressions

With Free Translations

GUIR

Tha agam ri dhol a chur a' bhuntàta.—*I have to go to plant the potatoes.*

Thig orm an slol a chur an diugh.—*I shall have to sow the seed to-day.*

Dé a thug air na balaich an teine a chur às ?—*What made the boys extinguish the fire ?*

C'arson nach do chuir thu thuige an teine ?—*Why did you not kindle the fire ?*

Is ann duit féin a thigeadh teine a chur air.—*You are the one to kindle a good fire.*

Feumaidh tu a' chùis a chur riut féin, Iain.—*You must apply the case to yourself, John.*

C'uin a chuir thu a mach am bàta ?—*When did you launch the boat ?*

An tug cur-na-mara ort toirt suas buileach glan ? *Did the sea-sickness put you out of action altogether ?*

Am beil guth agad air litir a chur dachaidh, idir ?—*Have you any word at all of sending a letter home ?*

Chuir e fios thugam gu'n robh e air fàgail.—*He sent word to me that he had left.*

Chuir e fios orm ach an sgriobhainn litir da.—*He sent for me so that I should write a letter for him.*

Chuir Dòmhnall tulg air a' bhucas aig athair.—*Donald made a dint in his father's box.*

Chuir e eagal orm leis an éigheach a bha air.—*So lustily did he shout that I was alarmed.*

Is mór a bheireadh ormsa na breugan a chur ortsa.—*I would be very sorry to tell lies about you.*

An d'fhuair sibh sìon air an lìon a chuir sibh an raoir?—*Did you get anything on the line you set last night?*

Cuiridh Calum an céill a bheachdan gun taing dhuit.—*Malcolm will declare his views in spite of you.*

Cha deachaidh iaradh* air ach ag cur an t-sneachda fad an latha.—*It did not stop snowing all day long*

Tha mi air cur suas leat fada gu leòir.—*I have borne with you long enough.*

Na cuir dragh air : tha e 'na throm chadal.—*Do not disturb him : he is fast asleep.*

Chuir mi air falbh e : cha robh feum ann.—*I have dismissed him : he was of no use.*

Chuir an cat às do'n radan anns an t-sabhal.—*The cat did away with the rat in the barn.*

Cha chuir duine 'sam bith air chùl a shliochd féin.—*Nobody will abandon his own offspring.*

Cha chuir Màiri bhoichd an luath mu na sparran* orra.—*Poor Mary will never cause any discord among them, or Poor Mary will never set the heather on fire for them.*

Chuir mi romham an cù a chur le creig.—*I resolved to throw the dog over a precipice.*

Na bi ag cur dàlach anns a' chùis na's fhaide.—*Do not delay the matter any longer.*

Thoir an aire nach cuir thu an neo-phrìs na chuala thu.—*Take care that you do not undervalue what you have heard.*

Thàinig orm cur an aghaidh chàich.—*I had to oppose the others.*

Dé a tha sibh ag cur ris an dràsda aig an tigh?—*What are you busy with now at home?*

Dé a tha ag cur ort an uair nach 'eil thu ag obair ?—*What is the matter with you that you are not working ?*

Chuir Tormod ann an suarachas na chaidh a ràdh ris.—*Norman disregarded what had been said to him.*

Tha cur-a-mach* anabarrach aig a' mhinisteir.—*The minister is exceptionally eloquent.*

Chan 'eil e ach beag, ach is ann ag cur ris a bhios mi.—*It is but small, but I shall be adding to it.*

An do chuir thu a steach air ceangal na bà ?—*Have you shortened the cow's tether ?*

Bha daoine ag cur às a leth gu'n tug e leis e.—*People were accusing him of having taken it.*

Chuir e a steach a thlde ri ceàird ann an Glascho.—*He served his apprenticeship to a trade in Glasgow.*

Tha iad ag cur air gu'n do ghoid e an t-airgiod.—*He is being accused of having stolen the money.*

Ciamar a tha a' dol agaibh air an ùine a chur seachad ?—*How do you manage to pass the time ?*

Bha Màiri ag cur a leasain roimh Iain.—*Mary was teaching John his lesson.*

Is ann a thubhairt iad sud ach* an cuireadh iad seachad mi.—*Why they said that was to put me off the subject.*

Bha e air a chur thuige cho mór is gu'n deachaidh e 'na shradagan.—*He was so much exasperated that he got into a violent rage.*

Cuir orm a' cheist ach* am faic thu am beil i agam.—*Ask me the question to see if I can remember the answer.*

Tha do dhùbhlán agad mise a chur air seacharan.—*You have enough to do to lead me astray.*

Chan 'eil cur-leis* 'sam bith ann an Dòmhnall.—*Donald is wholly lacking in perseverance.*

An saoil thu an cuir am bàta an rudha dhith ?—*Do you think the boat will weather the point ?*

Am beil dùil agad gu'n cuir i an rudha fòipe?—*Do you expect her to weather the point?*

Cuir a thaobh e gus am bi feum agad air.—*Lay it aside till you are in need of it.*

Chuir e suas bùth ann an ceann an tighe.—*He started a shop in the end of the house.*

Mur a seall thu mach théid do chur an làimh.—*If you don't watch you will be arrested.*

Bha Mùirneag againn air a cur fodha anns a' chuan*-mhór.—*Muirneag was lost to view behind the intervening deep-sea horizon, or, We were so far away from land that Muirneag was lost to view.*

Cha mhór nach robh mi air mo chur fodha aig an t-sneachda.—*I was almost buried by the snow.*

Tha na balaich air an tigh a chur bun-os-cionn.—*The boys have put the house upside down.*

Tha na connstabuill* air am baile a chur fòdha fhéin.—*The constables have got the village into a turmoil, or, The constables have the whole village at their feet.*

Tha mi gu mór air mo chur troimh a chéile agad.—*You have greatly exasperated me.*

Bha e ag cur deth gus an do leig e roimhe leis an sgìos.—*He talked and talked till he gave up through sheer exhaustion.*

Chuir na balaich sùil anns na h-ùbhlán.—*The boys longingly eyed the apples.*

Na cuir stad orm gus am faigh mi air so innseadh dhuit.—*Do not interrupt me till I finish telling you this.*

Fhuair Iain bochd e féin air a chur ann an lòn.—*Poor John had himself implicated.*

Tha againn a stigh na chuireas seachad an t-Sàbaid.—*We have sufficient in for tiding us over the Sabbath.*

Bu chòir Niall a chur ri ceàird air chor-eigin.—*Neil should be apprenticed to some trade.*

Is e so an rud a chaidh a chur a mach dhomhsa.—*This is what has been destined for me.*

Is fhada a dh'fhalbhas fear mus cuir e sìos air a dhaoine féin.—*A fellow will bear much before he miscalls his own kith and kin.*

Chaidh aige air na h-òrain a chur gu math an altan a chéile.—*He managed to compose the songs in aptly fitting words.*

Tha oidhche bhrèagha ann: tha a' ghealach ag cur uaipe*. —*It is a fine night: the moon is just rising.*

Théid do chur air taod cleas a' chruidh.—*You shall be tethered like the cattle.*

Is math a fhuaras tu an uair a chuir thu an ruaig air an tarbh.—*You did splendidly when you put the bull to flight.*

Is math a chuir ris nach do rug Tormod air.—*It was fortunate for him that Norman did not catch him.*

Tha thu air bochdainn a chur orm le do ghòraich.—*You have grieved me by your foolishness.*

Ged a chuir iad cath cruaidh cha tug iad a' bhuaidh a mach.—*Although they fought bravely they did not obtain the victory.*

Na bi ag cur dréin ort idir riumsa, a bhalaich! —*Don't make faces at me at all, my boy!*

Cha mhór nach do chuir e a' bhuidheach orm leis a' mholadh a bha aige air fhéin.—*He almost raised my gorge by his fulsome self-praise, or, He all but disgusted me by his extolling of himself.*

Cuiridh mi nota air a' gheall riut gu'm beil e aige.—*I bet you a pound that he has it.*

Chuir am fear-lagha ceist theann orm.—*The lawyer asked me a searching question.*

Thoill iad na coin a chur annta a mach ás a' bhaile.—*They deserved to be hounded out of the village.*

Chaidh mi ann is chuir mi aghaidh air airson a chuid bhreug.

—I went there and faced him for his lies.

Am beil nàire ort gu'n do chuir thu a mach air a chéile iad?—*Are you ashamed that you made them quarrel?*

Cha robh esan fada ag cur an astair às a dheidh.—*He was not long in covering the distance.*

Chuir an rud a bha ann gu mór mu'n cuairt mi.—*The whole affair caused me much anxiety, or, I was much upset by that thing.*

Tha e a' dùsgadh chlach gu cur a mach air an tigh.—*He is quarrying stones to extend the house.*

Tha òigridh an latha an diugh ag cur air an drùim na choisneas iad.—*The youth of to-day spend all their earnings on clothes.*

Tha na cearcan againne ag cur nan itean.—*Our hens are moulting.*

Tha mo làmhan air an craiceann a chur.—*The skin has peeled off my hands.*

Bha e cho luath is nach cuirinn maide* 'na phàirt.—*He ran so fast that I could not overtake him.*

Chuir na balaich air falach am bata a bha aige.—*The boys hid the walking-stick he had.*

Cha d'fhàg i cùil no cial* gun chur thairis.—*She did not leave a corner without rummaging.*

Tha an abhainn ag cur thairis air a bruachan aig* an tuil.—*The flood has made the river overflow its banks.*

Chuir e am fear-lagha mu a chorragan, agus bha a chead aige.—*He bamboozled the lawyer, and, indeed, no one was sorry.*

Cha chuir thu bodach ormsa idir, a charaid!—*You will not be able to intimidate me at all, my friend!*

Is e Murchadh a chuir a mach a' Cheist* an diugh.—*It was Murdo that gave out the text for the "Question" to-day.*

Chuir Iain na bodaich ann an claiginn a chéile.—*John set the old men at loggerheads.*

Is iomadh rudha a chuireas tu fodhad mus bi thu cho math riumsa air an stiùir.—*You will serve many a day at sea before you are my equal as a helmsman.*

Chuir e fàilte is furan orm, mar bu dual do smior a' Ghàidheil
He treated me with every show of warmth, as becomes a true Gael.

Cha chuir sud ann no às duit.—*That will not effect you one way or the other.*

Cha ghabh cainnt a chur air mo shuidheachadh.—*Words fail to express my plight.*

Chuir e car mu char deth leis an leathad.—*He rolled down the incline.*

Bu tu féin an siad gu blas a chur air seanachas.—*You have a unique gift for telling a story.*

Theab e, bròinean, làmh a chur 'na bheatha féin.—*The poor fellow, he almost did away with his own life.*

Cuir Beurla dhomh air na facail sin.—*Translate those words into English for me.*

Bha daoine ag cur air a mhanadh nach rachadh leis.—*People predicted he would not succeed.*

Chuir iad 'nam shùil cur g'a h-iarraidh.—*They advised me to send for her.*

Tha a beanntan àrda ag éirigh suas a chur fàilte air na h-eileanan.—*Her lofty hills rear themselves heavenward to greet the islands.*

Tha thu air nàire a chur orm leis a' bhruidhinn a tha ort.—*You have disgraced me by your talk.*

Cia mheud poca buntàta a chuir an ceann sin deth?—*How many bags of potatoes did that plot yield?*

Na cuir thusa sìos air an deoch agus tu féin rithe.—*Don't you miscall the drink since you are addicted to it yourself.*

Cuir sgoinn ort féin ach* am beir thu air.—*Hurry up, so that you may catch him.*

Is beag nach do chuir an uspag* an t-eathar thairis oirnn.—*The squall almost capsized our boat.*

Chan 'eil agad an sin ach rud a chuir am muir a* thìr.—*You have nothing there except what the sea has washed ashore.*

Tha mi air mo chur bho chadal na h-oidhche aig an t-siataig.*—*Rheumatism is depriving me of my night's rest.*

TOG

Tha am buntàta againne gu léir air an togail.—*Our potatoes have all been lifted.*

Thog Alasdair an tigh às a phòcaid féin.—*Alexander built the house with his own money.*

Thoir dachaidh ort agus tog an teine.—*Go home and kindle the fire.*

An uair a thog iad an lìon cha d'fhuair iad deargadh air.—*When they hauled the net they did not get a fin in it.*

Tha i a' togail oirre fad an latha bho an àirde tuath.—*It has been threatening a storm from the north all day.*

Chan ann idir ri iasgach a tha mise a' togail* mo dhosain.—*Nothing so low as fishing for me.*

Am beil fhios agad an do thog an cù ceann fhathast?—*Do you know if the dog has yet been found?*

Tha Iain air togail air bho phòs e.—*John has a more prosperous air since he married.*

Cha robh de Bheurla aige na thogadh uibhir is facal.—*He had so little English that he could not pick out a word.*

Thilg e orm gur ann air a' bhochdainn a thogadh mi.—*He taunted me that I was poorly brought up.*

Thog e am màl trì notaichean orm.—*He raised my rent by three pounds.*

Aig tighinn an latha thog sinn mullach na beinne.—*At daybreak we sighted the summit of the hill.*

Thogadh am balach ud air math na bà.—*That boy was reared on dairy produce.*

Chaidh mise a thogail ann an Eilean an Fhraoich.—*I was brought up in the heathery Isle of Lewis.*

Thog iad Iain airson a bhi 'na éildear.—*They have nominated John for an eldership.*

Thog iad oirre gu'n robh i ris na breugan.—*They accused her of being a liar, or Rumour had it that she was a confirmed liar.*

An uair a thog a' ghaoth thog sinn an acair.—*When the wind abated we weighed anchor.*

Dh' fhàg mi air a thom e ; cha thogainn às a' pholl e.—*I left it where it was ; I would not soil my hands with it.*

Is ann air éiginn a fhuair sinn air an seòl a thogail rithe.—*It was with difficulty we managed to hoist her sail.*

Tha cluas-chiùil mhath aig fear-togail nan Salm.—*The precentor has a good ear for music.*

Thog mi dheth nach robh e gu math air a dhòigh.—*I understood from him he was not very well off, or I could see from him that he was not very happy.*

Tha togail agam ri iasgach an sgadain.—*I am looking forward to the herring-fishing.*

Tha a' Ghàidhlig air tòiseachadh a' togail a cinn.—*The Gaelic is beginning to revive.*

Thog Seòras fianuis aig na h-òrduighean.—*George became a member of the church at the time of the communion.*

Thog e air a dh'ionnsuidh a' mhonaidh leis fhéin.—*He set out for the hills alone.*

Tha am maor a' ruith air na tighean a' togail a' mhàil.—*The ground officer is visiting the houses to collect the rent.*

Thug e sgriob do'n bhaile mhór is thog e a dhealbh.—*He visited the town and had his photograph taken.*

Aig àm a' chogaidh mhóir bha na gilleann air an togail do'n arm.—*At the time of the Great War the unmarried men were called to the colours.*

Tha teaghlach Iain a' togail air falbh bho'n tigh mar a tha iad ag éirigh suas.—*John's family leave home as they grow up.*

Cha b'e a h-uile té a thogadh a h-àite ann am banas-tighe.—*As a housekeeper she had very few equals, or It was not every woman that could fill her place at housewifery.*

Ma thogas tu mo nàdur-sa bithidh ceannach agad air.—*If you provoke me to anger you will suffer for it.*

Bha e a' falbh air an sgìre a' togail ainmean air son gairm a' mhinisteir.—*He went through the parish getting signatures to the minister's call.*

Gheibh thu ìm, is blàthach, is bainne-togalaich*.—*You will get butter, butter-milk, and skimmed milk.*

CEANN

Tha mo cheann féin gu math goirt an nochd fhéin.—*I have a rather severe headache this very night.*

Leig siad iad féin 'nan sìneadh aig ceann an tighe.—*They laid themselves down at the end of the house.*

C'arson nach 'eil thu ann an ceann an éich?—*Why are you not leading the horse?*

Chaidh mi do'n bhaile mhór air ceann-turuis.—*I went to town on an errand.*

Chuir sinn dà cheann a steach anns an t-seòl.—*We shortened the sail by two reefs.*

An téid am bàta air fuaradh air ceann an eilein?—*Will the boat weather the point of the island? or Will the boat sail sufficiently close to the wind to pass the point of the island?*

Cheannaich e fiodh gu ceann a chur air an tigh.—*He bought timber to roof the house.*

Thug a bhràthair droch cheann do Sheòras.—*His brother consistently ill-treated George.*

Tha an tuathanach 'na dheagh cheann balaich.—*The farmer is always very kind to boys.*

Thug a' bhanachag dhuinn gruth agus uachdar 'na cheann.—*The milkmaid gave us crowdie mixed with cream.*

Chan 'eil a' bheag agam mu cheann an fhir ud.—*I care very little for that man.*

Thug iad am baile mór orra agus am pìobaire air an ceann.—*They set out for the town led by the piper.*

Gheibh mi a' chuid is fhearr deth air a' cheann thall.—*I shall ultimately get the better of him.*

Théid againn air air ceann sreatha.—*We shall manage it by degrees.*

Ma chì e éis air rud, nì e às a cheann féin e.—*If he notices anything needing attention, he sees to it without prompting, or, on his own initiative.*

C'arson a tha thu a' falbh an tighe air ceann do stocainnean? —*Why do you walk through the house in your stocking soles?*

B'àill leam gu'n cuireadh tu cinn 'na mo stocainnean.—*I wish you would foot my stockings.*

Leig leis : tha fhuil air a cheann féin.—*Leave him alone : he is himself responsible for his actions.*

Chan 'eil eadar dà cheann na sgìre fear a bheir barradh* air.—*From one end of the parish to the other there is no one who excels him.*

Leig seachad e : chan 'eil facal Beurla 'na cheann.—*Never mind him : he cannot speak or understand a word of English.*

Chuir e na tighean 'nan teine orra mu'n cinn.—*He burnt their houses over their heads.*

Tha an ceann aige air a dhol 'na bhreislich.—*His brain is in a muddle.*

Is ann ro dhona a théid duit air a' cheann thall.—*You will ultimately fare very badly.*

Thig a' chùis gu aona-cheann* air a' cheann mu dheireadh.—*Matters will ultimately come to a climax.*

Is iomadh ceann a théid an currac* mus tachair sin.—*Much water will pass under the bridge before that comes to pass.*

Is math dhasan gu'm beil làn a chinn de sgoil aige.—*It is good for him that he has an excellent education.*

Chuir e a fhiacalan an ceann a chéile is air falbh gu'n robh e.—*He clenched his teeth and off he went.*

Tha e na 's beartaiche na h-uile fear agaibh an ceann a chéile.—*He is wealthier than all of you put together.*

Cha bu luaithe a bha a cheann air a' cheann-adhairt na a chaidil e.—*No sooner was his head on the pillow than he slept.*

Thàinig am buntàta glé mhath anns a' cheann ud.—*The potatoes have sprouted well in that plot.*

Leig dha : tha e ro fhada 'na cheann.—*Leave him alone : he is too stubborn.*

Sguir de do dhol a mach : tha an deoch air a dhol 'nad cheann.—*Stop your carry on : the drink has gone to your head.*

Cha tugadh e boineid a nuas domh ged a sheasainn air mo cheann dìreach.—*He would not acknowledge that I was in the right were I to stand on my head, or, He would not submit, do what I would.*

Is ann thugadsa a tha e, a chinn gun bhuidh !—*Retribution awaits you, luckless one !*

Thug e a cheann fodha an uair a chuala e gu'n robh iad an tòir air.—*He disappeared when he heard they were looking for him.*

Thug mi mìos mhór air a ceann mus deachaidh agam air tigh a lorg.—*I spent a whole month before I managed to find a house.*

Tha e 'na shuidhe fo na mùigean,* agus facal cha tig às a cheann.—*He sits brooding, and never utters a word.*

Dé a chur 'nad cheann gur e giùlan a thàinig ort?—*What made you imagine that it was a phantom funeral that came upon you?*

Tha fuaim fàs aig a' bharaille: thoir an ceann às.—*The barrel has an empty sound: take the lid off it.*

Ge b'e air bith ciamar a théid domhsa, feuch thusa nach càill thu do cheann.—*Whatever happens to me, you must try to keep cool.*

An rud a chuireas esan 'na cheann cuiridh e 'na chasan e.—*He is determined to have his own way.*

Am fear aig am bi fortan bithidh crois aige 'na cheann.—*He who has wealth will have his worries in connection with it.*

Chunnaic e, ma b'fhior da, fuath aig ceann an t-sabhail.—*He saw, as he imagined, a ghost at the end of the barn.*

Tha iarrtas gun cheann air clò mór am bliadhna.—*There is great demand for Harris tweed this year.*

Tha iad cho mór aig a chéile ri dà cheann eich.—*They are all in all to each other.*

Reic an t-each; air neo ithidh a cheann a chasan ort.—*Sell the horse; else his feeding will exceed his earnings.*

Théid sibh ann an ceann facal ùrnuigh, Iain.—*You will kindly engage in prayer, John.*

Bha am buachaille ag éigheach àrd a chinn ris a' chù.—*The shepherd was shouting to the dog at the pitch of his voice.*

Ghabh Niall bochd an saoghal fo a cheann.—*Poor Neil disappeared from the locality, or, Poor Neil gave his native place a wide berth.*

Tha e air droch cheann a thoirt do'n deoch.—*He is much addicted to drink.*

Cumaidh Màiri an latha sin ceann* a' mhaide riut.—*Mary will then hold her own against you.*

Is tearc fear a sheasas fad an latha air ceann na spaide.—*Rare is the man who can continue all day delving with a spade.*

Tha e air a chumail mar luideig ann an ceann cabair.—*He is continually kept on the move.*

Ged a tha mise ann an ceann mo ghairme chan 'eil mi air a shon.—*Although I carry on my duty I am not fit for it, or, Although I carry on my duty I don't care for it.*

Bi gu math do'n bhoine : is ann às a ceann a bhleoghnar i.—*Be good to the cow : her yield of milk depends on her feeding.*

Is buidhe dhuit-sa a' faighinn do luaidhe an ceann mìosa.—*You are fortunate getting your beloved at the end of the month.*

Am beil fios agad c'àite an robh an ceann aig a' mhinisteir an diugh?—*Do you know where the minister's text was to-day?*

Tha an ceann aig a' mhinisteir againne air càch uile.—*Our minister is much abler than all the others.*

Bho thòisich Calum a strì ri muir bha e ag iasgach air a cheann féin.—*Ever since Malcolm started fishing he has been having a boat of his own.*

Tha am bàta a' dol an ceann an deidh gach cùis.—*The boat makes some headway after all.*

Chaidh e air a cheann dìreach a mach air a' mhuir.—*He fell headlong into the sea.*

Tha uair gharbh ann agus a' ghaoth an ceann oirnn.—*The day is boisterous and the wind is against us.*

Thug am bàta a ceann-uidhe a mach air éiginn.—*The boat with difficulty arrived at her destination.*

BEUL

Leag sinn an seòl aig beul na h-acarsaid.—*We lowered sail at the entrance to the harbour, or, roadstead.*

Aig beul an latha chaidh sinn gu astar.—*At daybreak we set out on our journey.*

Aig beul na h-oidhche chaidh na lòchrain a chur thuige.—*At nightfall the lamps were lit.*

Thuit mi eadar dà bheul an doruis.—*I fell in the doorway.*

Tha an eaglais ag cur a mach air a beul an diugh.—*The church is overcrowded to-day.*

Thuit am balla orra air a bheul* fodha.—*Their wall fell down with a crash, or, fell out flat.*

Is iomadh port-à-beul a chuala sinn aig Anna.—*Many a mouth-tune we heard from Annie.*

Sios leatha, fheara, gu beul na mara !—*Down with her to the edge of the sea, boys !*

Is lugha orm féin na daoine beulach.—*I dislike ingratiating people.*

Bha e 'na shìneadh air an talamh, agus a bheul 'sa shròin fodha.—*He was stretched face downward on the ground.*

Cha robh dùnadh a' dol air a beul.—*She talked and talked incessantly.*

Cha robh abhsadh a' dol air a beul.—*She talked and talked incessantly.*

Cha ghabh a' chùis a cur ann am briathran beòil.—*The matter cannot be expressed in words.*

B'fhearr duit a bhi glic : tha thu ann am beul a' bhaile.—

*You should be wise : You are the talk of the village, or,
You are on every one's lips.*

Is e glé bheag a bheireadh orm toirt ort do bheul a dhùnadh.

—Only for very little I would make you hold your tongue.

Mach a bha i le éigh nan creach 'na beul.—*Out she rushed with a cry of distress.*

Cùm do dhroch bheul agad féin.—*Keep your impudence to yourself, or, Restrain your slanderous tongue.*

Thoir air nach can e a rithist e ; tha am beul aige ro luath.—*Keep him from repeating it ; he is too ready to speak.*

Chan 'eil beul 's a bhaile nach gabh a dhùnadh le botul-bodaich.—*There is no one in the village but can be bribed to keep quiet by a mutchkin bottle of whisky*

Dùin do bheul, air neo gheibh thu an t-sitig*.—*Hold your tongue, else you shall be thrown outside.*

Cha bu lugha leam na a thàmailt gu'n cuirinn mo bheul ann an seanachas cho suarach.—*I should be ashamed of myself if I were to spread such unworthy gossip.*

Chan 'eil ann deth ach beul gun phutan.—*He is a man who cannot keep a secret.*

Acrach is mar a bha sinn cha d'fhaighnich iad an robh beul oirnn.—*Although we were famishing they offered us no hospitality.*

Tha thu 'na do làn-beòil aig a' bhaile.—*You are the talk of the whole village.*

Chaidh e an combhair a bheòil leis a' chreig.—*He fell forwards over the cliff.*

Tha uisge mór ann ; is math gu'm beil a bheul fo'n tigh.—*There is heavy rain ; it is well that the house is roofed.*

Thuit sud ás a bheul gun fhaireachdainn da.—*He blurted that out unawares.*

Fhuaras agad e ; thug thu dìreach am facal às mo bheul.—
You have struck the nail on the head ; You have just anticipated my very words.

Tha e dìreach mar gu'n iarradh tu às do bheul e.—*It is exactly what one would wish.*

Tha thusa mar a b'àbhaist le do bheul air do ghualainn.—
You are as usual too ready to speak.

Silidh e air* an lìonadh ; tha am boinne a nis 'na beul.—*It will rain with the flowing tide ; there is an occasional drop already.*

“Tha a' bhreug agad,” dh' éigh iad á beul a chéile.—
“You lie,” they shouted simultaneously.

SUIL

Bha sùil aige, bròinean, ri moladh an t-saoghail.—*He expected to be applauded by all, the poor fellow.*

Bha Seumas a' toirt na sùla ud an rathad a bha mi.—
James cast meaning glances in my direction.

Thoill thu teine dealanaich a chur às an dà shùil agad.—*You deserved to get a good sound drubbing.*

Cha do bhuail mo shùil air bho bha e 'na bhalach.—*I have never seen him since he was a boy.*

Thug mi a chliù dha eadar an dà shùil.—*I told him straight to his face how little I thought of him.*

Is ann aige féin a tha an droch shùil.—*He himself has a very sinister look.*

Teann air falbh mus téid thu fo mo shùil !—*Clear away, you insignificant creature !*

Sùil 'gan tug mi, có a bha agam ach Iain.—*When I glanced round, whom did I see but John.*

Ged a thug mi dha an t-each tha mo shùil gu mór às a dheidh.—*Although I gave him the horse I grudge it to him.*

Dìreach air a shùil ; tha mi a nis agad.—*Just so, just so ;
I understand you now.*

Tha mise an dòchas nach gabh mo shùil air.—*I sincerely
hope I shall not covet it.*

Am beil a' bhuil ort gu'm faca mise thu le mo dhà shùil ris
a' bhalach ?—*Do you not realise that I have personally
seen you ill-treating the boy ?*

Chuir Iain 'nam shùil gum b'fhearr domh bean fhaighinn.—
John suggested to me that I had better get a wife.

Nach 'eil do dhà shùil agus an latha agad ?—*Have you not
your two eyes and daylight ?*

Tha sùil mhór aige ann an Seònaid.—*He has taken a great
notion of Jessie.*

Cuiridh tu an ùir* air mo shùil-sa mus bi a dh'anam agad
pòsadh.—*You shall never dare to marry as long as I live.*

Na bi cho teann oirre ; is gann nach 'eil i agad an sùil na
gaoithe—*Don't keep her so close to the wind ; You have
her almost in its teeth, or, eye.*

CAS

Cha do chuir e cas am bròig a chuireadh eagal ormsa.—
There is no man living who can intimidate me.

Tha e a' fuireach am baile beag ri cois na mara.—*He lives
in a hamlet close by the shore.*

Is ann domhsa a b'fhéudar fuireach an cois na cloinne.—*It
was I who had to stay in charge of the children.*

Chan fhada gus am bi an t-àiteach mu na casan againn.—*The
spring-work will soon be upon us.*

Bha iad air an togail air falbh eadar cheann is chasan.—*They
were lifted away holus-bolus, or, neck and crop.*

Tiugainn air a thòir : Cha téid mo chas.—*Let us search for him ; Indeed, I will not.*

Leig cead a chois leis ; chan 'eil ann deth ach droch isean.—*Let him go ; he is but a worthless scamp.*

Is iomadh buaidh a tha an cois na h-òige.—*Many are the virtues that accompany youth.*

Cha tugainn cas an deidh na té eile air a shon.—*I would not walk a single step for it.*

As mo shealladh ort, a bhéist air do chasan !—*Clear out of my sight, you monster !*

Chaidh mi ann le mo dhà chois agus dh'innis mi e féin da.—*I went purposely to him and told him my opinion of him.*

Tha na seann dòighean air an cumail air chois fhathast.—*The old customs are still observed.*

Is ann air fìor éiginn a thug e a chasan ás.—*It was with much difficulty he extricated himself.*

Tha an t-arbhar againn air a chois-chaoil.—*Our corn is nearly done.*

Thug am buachaille am monadh air agus an cù 'na chois.—*The shepherd set out to the moor accompanied by his dog.*

C'arson nach do chuir thu cas-bhacaig air ?—*Why did you not trip him.*

Theab mo chasan falbh uam air an deigh.—*My feet almost slipped on the ice.*

Chan 'eil aige ach cas a' falbh agus cas a' fuireach.—*He is in two minds whether to go or stay, or, He is undecided as to what he should do.*

Thug mi an t-arbhar air a chois do'n bhoin.—*I gave the corn as it grew to the cow, or, I gave the corn, seed and all, to the cow.*

Dh'fhalbh a' chas ás an sgithinn a dh'fhàg thu agam.—*The knife you left with me has lost the handle.*

Is ann a tha mi gu math dheth agus cothrom mo choise agam.—*I am really well off when I am able to go about.*

Ma bheir thu fichead nota dhomh air a' bhàta, gheibh thu na ràimh 'na cois.—*If you give me twenty pounds for the boat, you will get the oars free, as part of the transaction.*

SRON

Gabh romhad gus an toir do shròin féin ciall duit.—*Just go ahead till bitter experience teaches you.*

Bhuail an t-àrdan am bàrr na sròine e.—*His self esteem received a sudden blow.*

Chunnaic e gu'n robh an dorus dùinte air a shròin.—*He saw that the door was closed against him.*

Ghabh an t-each am monadh fo a shròin.—*The horse galloped off to the hills.*

Bheir am t-saighdearachd ùnnsa* do mhàthar às do shròin.—*Military service will take all your childishness out of you.*

Feumaidh mi cnàimh an lagha a chumail air an t-sròin riut.—*I shall have to apply the strict letter of the law in dealing with you.*

Feuch thusa có an t-sròin do'm fuaire.—*The result will tell which of us is the loser.*

Na gabh a dh'anam ort do shròin a nochdadh an so.—*Do not have the audacity to show your face here.*

Cha robh sinn ach timchioll na sròine an uair a bhuail a' ghaoth sinn.—*We had but barely got round the headland when the wind struck us.*

Is ann ort a tha an fhaochag an uair a ghabhadh tu ort do shròin a nochdadh.—*You are very thick-skinned when you would have the audacity to show your face.*

Nach 'eil an cuan a siar agad fosgailte fo do shròin?—*Have you not got the wide Atlantic in front of you?*

CUL

Shuidh sinn air cùl gaoithe agus air aghaidh gréine.—*We sat in a sheltered place facing the sun.*

Chaidh e an comhair a chùil a mach air beul a' bhàta.—*He fell backward over the side of the boat.*

Bha i a' bòcadh leis an tàmailt an uair a chuir e cùl rithe.—*She was boiling with indignation when he jilted her.*

Is e glé bheag a dhèanadh tusa air cùl* corrain.—*You are far from being an expert in the use of a sickle, or, All the work you could do with a sickle is but nominal.*

Cha d'fhuair i móran de chùl a chur innte 'na h-òige.—*She did not get much back-bone put into her when young.*

Cha robh mise air mo chùl a thoirt da na'm bithinn air a bhi ann,—*I would not have turned tail had I been present.*

Thàinig air cùl a chinn a thoirt da.—*He had to flee from him, or, He was forced to turn tail.*

Chuir iad a mach an acair air cùl na tuinne ach am faigheadh iad air am port a ruith.—*They dropped anchor beyond the breakers waiting for an opportunity to negotiate the landing place.*

Chaidh sud 'nam aghaidh agus b'fheudar domh mo chùl a thoirt da.—*That baffled me and I had to abandon it.*

B'fhearr leam a thoirt duit an clàr an aodainn na air cùl do chinn.—*I would rather say it straight to your face than behind your back.*

Cha robh dìth nach d' fhuair iadsan an càineadh gu cùl an droma.—*Calumnies without stint and in full measure were heaped upon them, or, They were unsparingly slandered to their very backbone.*

Cùl* nan còig riut ; Cha b'e do leithid a thigeadh orm !—*Away with you ; you are far from being my ideal, or, You are not for me ; I have better fish to fry !*

Chan ann a' dol air chùl* cnocain riut a tha mi.—*I am not saying this of you behind your back.*

Cha b'e a h-uile fear a bheireadh an sgiath-chùil deth.—*Rare is the man who could get the better of him, or, Rare is the man who could catch him unawares.*

DRUIM

Chan 'eil air drùim a' bhaile agaibh na bheir bàrr* air.—*In your whole village there is no one to excel him.*

Is fhearr duit an t-each a chumail air drùim an rathaid.—*You had better keep the horse to the middle of the road.*

Chan e am fàsach* do bhith-beò a thoirt á drùim a' chuain.—*It is not easy to get your livelihood out of the sea.*

Thuit e á drùim an tighe agus chaidh a ghoirteachadh.—*He fell from the roof of the house and he was hurt.*

Cha deachaidh drùim a' bhàta a leagadh ceart.—*The keel of the boat was not properly laid.*

Thug e leis air a dhrùim e gun fiù anail a leigeil.—*He carried it on his back without once taking a rest.*

Tog dheth, air neo gheibh thu leud do dhroma de'n t-sràid.—*Stop it, else you shall find yourself lying stretched on the street.*

Mus canadh tu diog bha mi air mo dhrùim-dìreach.—*In an instant I was lying flat on my back.*

Bha e gus a dhol deth féin leis an leum-droma.—*He was nearly demented with lumbago.*

Ma leigeas tu òirleach leis leanaidh e air do dhrùim thu.—*If you give him an inch he will take an ell.*

Feuch am faigh thu air tarrang a chur an gad-droma *an tighe.—*Try to put a nail into the ridge-board of the house.*

Feuch am faigh thu suas gu drùim an tighe.—*Try to get up to the ridge of the house.*

CRIDHE

Tha mi ann an geall mo chridhe air t'fhaicinn.—*I am most eager to see you.*

Cha robh a' chridhe agam a thighinn an còir an tighe.—*I dare not come near the house, or, I had not the heart to come near the house.*

A dhuine chridhe; nach tusa a tha ag cumail ris!—*Dear me, man; how well you look for a man of your years, or, My dear fellow; how well you are wearing!*

Theab i a dhol á cochull a chridhe leis an eagal.—*She was almost scared to death.*

Bha anail 'na uchd, agus a chridhe 'na shlugan.*—*He was almost breathless, and his heart was in his mouth.*

Bithidh an sgeir ud a' tighinn ris aig chridhe na tràghad.—*That rock is visible at dead low water.*

Tha a' ghrian dìreach an chridhe na h-àirde deas.—*The sun stands exactly due south.*

BONN

Bha e cho calma ri mac màthar a sheas air bonn bròige. —
He was as strong as any man who ever trod on shoe-leather.

Mur a toir e an aire air féin, bithidh a bhonnan bàna*
os a chionn.—*If he does not take care, he will be ruined, or, stranded.*

Feumaidh tu craiceann a' bhuinn a chur air a' bhathais.—
You will have to put on a very bold front.

Is eagal leam nach 'eil bonn aige air an seas e.—*I fear he has no leg to stand on.*

Bha e ag cur nam bonn an taic.—*He was resisting with all his might.*

Fhuair am balach bonn airgid aig bonn a' bhalla.—*The boy found a coin at the base of the wall.*

Bha latha a bha mise glé mhath air mo bhonnan.—*There was a time when I was a very stalwart man.*

Cha toir thu mise thar mo bhonnan ge b'oil leat.—*I will not budge an inch, do what you will.*

A nuas gu'n tug e le leum cheithir-bonn.—*Down he rushed at full gallop.*

Is mór m' eagal gu'm bi an aimhreit air a bonn.—*I am much afraid that dispeace will result.*

Chaidh aonadh a chur air bonn eadar an dà eaglais.—*Union was established between the two churches.*

Cha téid mi á làrach nam bonn gus am faigh mi air mo bhois e.—*I will not move from this very spot till I get it in my hand.*

Feumaidh tu a thoirt domh ann an làrach nam bonn.—*You must give it to me immediately.*

AIRD

Bha e àrd-fheasgar mus do rinn sinn tìr deth.—*It was far on in the evening before we landed.*

Bha a' ghaoth anns an àirde so bho mhaduinn.—*The wind has been blowing from this quarter since morning.*

Cum an àird i ach an téid i air fuaradh air an té eile.—*Keep her close-hauled, so that she will get to windward of the other.*

Bha a' ghrian 'na h-àirde mus tàinig an ceann-bàite* air bòrd.—*It was mid-day before the last line was hauled on board.*

Is e do chuid éirigh an àird agus do bheachd a thoirt seachad.—*You will have to get up and to give your opinion.*

Nighean chaol àrd, le falt sleamhuinn dubh oirre.—*A tall slender girl, with glossy black hair.*

TEANGA

Na'm biodh do theanga fo m'fhiacail-sa cha bhiodh i idir cho luath.—*If I had your tongue between my teeth it would not wag so much.*

Is iomadh òran a tha aig Màiri air a teangaidh.—*Mary has many a song committed to memory, or, Mary has many a song by heart.*

Mur a cùm thu do theanga th'íd smùid a chur asad.—*If you don't hold your tongue you will get a rough dusting.*

Tha e glé gheur air a theangaidh an uair a thogras e féin.—*He is very witty when he is in the mood.*

Chan 'eil e furasda do theanga fhaighinn timchioll air an ainm aige.—*It is not easy to pronounce his name, or, His name is a veritable tongue-twister.*

A chiall beannaich mise, nach ann fo do theangaidh a tha an sgil !—*My goodness, what a glib tongue you have !*

Is e dìth na sgoile a dh'fhàgas do theanga ann am pluic fir eile.—*Lack of education will leave you dependent on others.*

Thàinig e gu bàrr mo theangaidh a ràdh ris.—*I was just on the point of saying it to him.*

CEUM

Choisich e ceum air cheum còmhla rium.—*He and I sauntered along together, or, He and I walked side by side and step by step.*

Tha beagan de cheum ann an Iain againne.—*Our John is slightly lame.*

Tha an t-ám ann a bhi a' toirt ceuma ás.—*It is time to get a move on.*

Is ann aige féin a tha an ceum cabhagach.—*It is he that has the very hurried step.*

Mur a greas thu ort cha bheir thu ceum air.—*If you don't hurry, you will by no means overtake him.*

Tha eagal orm gu'm beil thu a' toirt ceuma* leatha.—*I am afraid you are drawing the long bow, or, I fear you are exaggerating.*

Air mo shon féin deth tha mi leth choma.—*For my own part I am somewhat indifferent.*

LETH

Dé a thug oirbh sud a chur ás mo leth?—*What made you accuse me of that?*

Tha Iain 'na dhuine a tha air leth glic.—*John is an exceptionally wise man.*

Ged a bha mise air leth-làmh* ghabh mi air.—*Although I was one handed I put him to flight.*

Tha làmh air leth aige air sgrìobhadh.—*He writes exceptionally well.*

Tha Iain ag obair 'na leth-cheud bliadhna.—*John is in his fiftieth year.*

Thoir domh leth-bhreac sin air clàr eile.—*Give me a duplicate of that on another sheet.*

Chaidh Iain ás mo leth agus thug e orm seasamh a thaobh.—*John took my part and made me stand aside.*

B'e a chuid seasamh air leth bho chàch.—*He had to stand apart from the others.*

Tha Calum agus a bhean a' fuireach air leth.—*Malcolm and his wife are living apart.*

Rachainn (or dheidhinn*) romhad air mo leth-chois.—*I could hop faster than you could run, or, I could outrun you on one leg.*

Cha robh riut ach a leth-taobh.—*You know only one side of him, or her, or it.*

Thionndaidh e orm agus cha b'ann ás an leth-uair.—*He turned on me in no uncertain manner.*

TARRUING

Bha na balaich a' tarruing às a' bhodach.—*The boys were teasing the old man.*

Is math leatsa a bhi a' tarruing buairidh.—*You delight in inciting a quarrel.*

Am beil an similear a' tarruing gu math?—*Does the chimney vent well?*

Thoir air a' cheannaiche dà bhròig a tharruing dhuit.—*Get the merchant to order a pair of boots for you.*

Tharruing am bàta an acair aig meud na gaoithe.—*The boat dragged the anchor owing to the force of the wind.*

Thoir domh copan tea air a deagh tharruing.—*Give me a cup of well-infused tea.*

Na'm bithinn-sa air a dhol 'nam tharruing cha robh esan air breith orm.—*If I had collected my thoughts he would not have caught me.*

Tharruing e dealbh oirnn, is sinn a' tarruing na h-eathrach.—*He drew a sketch of us as we were hauling the boat.*

Tha i a' tarruing oirre fad an fheasgair.—*It has been threatening all the evening.*

Am measg rudan eile thug sinn tarruing air a' Phàrlamaid.—*Amongst other topics we touched upon Parliamentary affairs.*

Cha robh Tormod ach a' tarruing conais asad.—*Norman was only teasing you.*

An uair a thug mi tarruing air thàinig e leam.—*When I gave it a pull it yielded.*

Tha e a' tarruing morain do'n bhùth leis cho beulach agus a tha e.—*Being so plausible, he attracts many customers to the shop.*

DUBH

Tha mi a' dol a chur an dubh-fhacal so ort.—*I am going to ask you to solve this riddle.*

Cha bu toigh leam idir e ; chuir e dìreach dubh-ghràin orm.—*I had no liking for him ; he utterly disgusted me.*

Is dubh dhasan, ma bheireas mise air.—*Woe betide him, if I overtake him.*

Bithidh e an dubhar ort ciod e a tha 'nam rùn-sa a dhèanamh.—*You will never fathom what my intentions are.*

Tha i ann an sud, ag cànrán bho mhoich gu dubh.—*There she is, grumbling from morn till night.*

Theirig a' mhin, agus cha bu dùth dhith.—*The meal is finished, and no discredit to it.*

Tha iad ag cur oirre gu'm beil an sgoil-dubh aice.—*They accuse her of dabbling in magic.*

Is e sin a choisneas duit gu'm faigh thu do latha-dubh.—*That is the very thing to bring disaster upon you.*

Cha mhór nach tug iad sùilean dubha a chèile a mach.—*They almost tore each other to pieces, or, They all but picked each others eyes out ; a tooth-and-nail fight.*

Is i an dubh éiginn a bheireadh orm ad-mholach* a chur orm.—*Nothing but dire necessity would make me wear a silk-hat.*

Duine dèanta, le falt sleamhuinn dubh air.—*A well-built man, with glossy black hair.*

Chuir na balaich* dhubha ud air falach na spaidean.—*Those mischievous boys hid the spades.*

BUILLE

Fuirich ach am faigh mi buille de mo shùil air.—*Wait till I get a glance at it.*

Tha i a h-uile buille cho cruaidh spìocach ri a màthair.—*She is every whit as near the bone as her mother.*

Thig ort am baile a muigh a thoirt ort air do bhuille trot.—

You shall have to clear out in spite of you.

Tha buille mhór aig a' chridhe aig Seòras.—*George's heart is thumping violently.*

Agus a mach gu'n do ghabh iad air buille nan deich uairean.

—And off they went on the stroke of ten o'clock.

Cha d'fhuair i a riamh os cionn na buille ud a thàinig oirre.—

She never got over that calamity that overtook her.

Thoir buille dhith gu a toiseach air taobh an fhuaraidh.—

Give her a stroke ahead on the weather side.

Chaidh buille a thoirt dà a chuir bàs a sheanamhar às a chuimhne.—*He was given a blow that completely stunned him.*

BARR

Chan 'eil bun no bàrr aig do sheanachas.—*Your story has neither rhyme nor reason.*

Tha bàrr, bainne goirt, agus bainne tiugh againn.—*We have cream, sour milk, and thick milk.*

Chan 'eil iad ann a bheir bàrr* air air seinn.—*No better singer than he can be found.*

Bha iad aca am falach air bàrr a' bhalla.—*They had them concealed on the top of the wall.*

Is math am bàrr a chuir an ceann ud deth.—*That end-plot yielded a good crop.*

SLAN

Duine a tha slàn 'na chorp agus 'na inntinn.—*A man who is healthy in body and sound in mind.*

Slàn leat; gu ma math a dh'éireas duit.—*Good bye; may you prosper well.*

Mur a toir thu slàn domh e, cha ghabh mi e.—*If you don't give it to me intact, I shall not accept it.*

Gu ma slàn duit anns gach àite do'n téid thu.—*May you fare well, wherever you rove.*

Shlànaich an gearradh a bha air a' chois aige.—*The cut that was on his foot has healed.*

An giùlain i an seòl slàn?—*Will she carry the full sail?*

BUN

Sin agad a nis mo chor-sa bho bhun gu bàrr.—*There, now, you have in a nut shell a full statement of my case.*

Phàigh an obair domh fhad 's a bha mi féin 'na bun.—*The job paid me as long as I personally attended to it.*

Is e bun na bha ann gu'n deachaidh a chur am prìosan.—*The outcome of it was that he was imprisoned.*

Leag sinn an seòl aig bun na h-aibhne.—*We lowered the sail at the mouth of the river.*

Tharruing iad na craobhan òga le am bunan.—*They pulled the young trees by their roots.*

CLUAS

Mur a fan thu sàmhach cuiridh mi teas às na cluasan agad.—*If you don't keep quiet I shall box your ears.*

Bhioraich mi mo chluasan ach cha dèanainn facal a mach.—*I listened attentively but could not understand a word.*

Cha d'fhuair an seanachas a bha aige móran cluaise.—*His story did not receive much credence.*

Bha e ag cumail a chluaise rathad a' chladaich.—*He was listening attentively for any sound coming from the shore.*

Gheibh thu dòrn ann an toll na cluaise.—*You shall get a blow right in the ear.*

Bha e a' leigeadh air gu'n robh e tinn, ach cha tug mi cluas da.—*He pretended he was ill but I did not listen to him.*

Leig mise na thubhairt e mu mo chluasan.—*I turned a deaf ear to all he said.*

Faodaidh tusa sin, ach cumaidh e cluas bhodhar riut.—*You may speak to him, but he will give you a deaf ear.*

Ùiridh mi mo chluas air a' gheall nach téid aige air.—*I will bet anything you like, he will not manage it.*

Tha làn mór 'na mo chluasan bho bha Iain rium.—*I am very deaf ever since John struck me.*

Bha e ceangailte ri cluais an lìn sgadanaich.—*It was tied to the corner of the herring-net.*

Chuir mi an lion-bhradan aig cluais na tràghad.—*I set the salmon net at the extreme end of the sands.*

RATHAD

Is cinnteach gur e an rathad a chall a rinn thu.—*Surely you must have lost your way.*

Cha dèan am bodach an rathad deth leis an smùid a tha air.—*The old man is so fuddled with drink that he cannot make his way.*

Tha e air rathad mór a dhèanamh gu tigh Màiri a' feuchainn ri a' toirt a mach.—*He constantly calls at Mary's house trying to win her affections.*

Teann às an rathad orm ach am faigh mi cothrom air.—*Get out of my way so that I may have it out with him.*

Na'm biodh rathad agam air ruigheachd air cheannaichinn e.—*If I had the means I would buy it.*

Siuthad, tog ort, is na bi fada air an rathad!—*Come, hurry on, and don't be long on the way!*

Cùm air falbh bho'n chreig, mus téid thu às an rathad.—*Keep away from the precipice, or you will be killed.*

Thàinig sud 'na rathad agus bha cruaidh fheum aige air.—*He obtained that when he was in sore need of it.*

Ma leanas a' ghaoth a slor dhol a meud, théid sinn ás an rathad.—*If the wind continues to increase, we shall be wrecked.*

RUITH

Ruith air falbh cho luath agus a tha agad.—*Run away as fast as you can.*

Ruith mar do bheatha, air neo cha dèan thu a' chùis.—*Run as fast as you can, else you will not manage.*

Tha mòran còmhraidh a' ruith air an duine ud.—*That man talks a great deal.*

Ruithidh an rud sin air an uisge.—*That thing will dissolve in water.*

Is tu a tha a' ruith air do mhi-shealbh.—*You are courting disaster.*

Bha sud a' ruith anns an fhuil aig na daoine aca.—*That was a congenital trait in their people.*

Bha sinn a' ruith leis aig an ám le seòl slàn.—*We were running before the wind at the time under full sail.*

Tha Tormod agus Aonghas air an aon ruith.—*Norman and Angus are birds of a feather.*

Tha an t-ainm aige ri ruith air mo theangaidh.—*His name escapes my memory for the moment, or, His name is running through my mind.*

Is caol a ruith sibh an nochd, fheara.—*You had a narrow escape to-night, my men.*

Cha bu ghann nach robh teanga aice an uair a leigeadh i ruith leatha.—*She did not lack eloquence when she would let her tongue go.*

Bha ruith anns a' chòmhradh aig Dòmhnall.—*Donald stammered a little.*

Tha am buntàta gu ruith a mach oirnn.—*Our stock of potatoes is almost finished.*

Na'm faigheadh e an tairgse cha bu ruith ach leum.—*If he got the offer he would jump at it.*

Bha rudhaichean caola a' ruith a mach do'n chuan.—*Narrow headlands projected seawards.*

CRUAIDH

Thàinig sgriob chruaidh air a' ghaoith.—*The wind began to blow with much force.*

Sheas a h-uile duine cruaidh ag coimhead rium.—*Every man stood stock-still staring at me.*

Is i a' chruathas a thug ort nach tug thu dhomh e.—*It was your stinginess that prevented you from giving it to me.*

Tarruing a' chruaidh ach* am faigh sinn air aodach a dhèanamh.—*Weigh the stone anchor so that we can hoist the sail.*

Tha e 'na dhuine cruaidh cinnteach, agus ceart 'na shlighe.—*He is hard but just and upright in his dealings.*

Chaidh e 'na chruaidh leum ach* am beireadh e air bùth fosgailte.—*He rushed away to catch a shop open.*

Mur a cuir thu sgoinn ort bithidh e cruaidh ort gu'm beir thu air.—*If you don't bestir yourself you will scarcely overtake him.*

Mur 'eil an taod air a cheangal ceart cuir snàim cruaidh teann air.—*If the rope is not properly tied knot it securely*

Tha e 'na bhalach cruaidh, ach cho solt ris an uan.—*He is a hardy boy, but as gentle as a lamb.*

Biodh ceàird agad air do làimh ma thig cruaidh ort uair 'sam bith.—*Learn a trade so that you can turn to it in case of emergency, or, necessity.*

Thàinig sgrìob chruaidh air an teaghlach aig Calum.—*Malcolm's family was sorely bereaved.*

Tha do chruaidh-fhortan mu do chasan thugad.—*You are in for your blessings, or, Nemesis—sore and summary—is about to overwhelm you.*

Bha sinn a' seòladh gu math cruaidh air a' ghaoith.—*We were sailing very near the wind.*

Tha e glé chruaidh air na seirbhisich aige.—*He is very strict with his employees.*

Is iomadh cruaidh-chàs a thàinig orm.—*I have encountered many a hardship.*

Tha e glé chruaidh ormsa mo chuid fhaicinn aig fear eile.—*It is very aggravating for me to see my property in the hands of another.*

DEARG

Cha robh dragh agam ged a bhiodh e air an dearg chuthach.
I cared little for his outbursts of temper, or, I did not worry although he would be in a violent rage.

A mach gu'n do ghabh e 'na dhearg leum.—*Off he rushed at breakneck speed.*

Chuir e dearg eagal mo bheatha orm.—*He gave me the fright of my life.*

Chan 'eil ann deth ach an dearg amadan.—*He is nothing but an arrant fool.*

Cha mhór gu'n robh deargadh éisg air na lìn.—*There was scarcely any trace of fish on the lines.*

Air cho geur is gu'n robh i cha do dhearg i air.—*In spite of her wit she made no impression on him.*

Caora le dearg oirre an cùl a' chinn.—*A sheep with a red mark at the back of her neck.*

Cha robh a stigh de bhiadh air an deargadh fiacail.—*There was not a morsel of food in the house.*

BAN

Tha an eaglais air a h-éigheach bàn.—*The church has been declared vacant.*

Chan ann idir air a' bhrochan bhàn a thogadh thusa.—*It was not on thin gruel you were reared.*

Chaidh leth a' chinn ud a chur bàn.—*Half of that plot was planted without manure.*

Bha an talamh ud bàn bho chionn ochd bliadhna.—*That land has been fallow for eight years.*

GUALAINN

Chaidh am bàta air an ath ghualainn* os cionn an eilein.—*The boat on her next tack weathered the island.*

Sud e a null gualainn na beinne.—*There he is crossing the brow of the hill.*

Cha sheallainn ris thar mo ghuaile ; eadar e féin.—*I would not deign to take notice of him ; my aspirations are different, or, I would not condescend to look at him ; I have better fish to fry.*

An uair a chunnaic e mar a bha, chuir e roimhe gualainn eile a chur oirre.—*When he saw how matters stood, he resolved to adopt other methods.*

AGHAIDH

Anns na facail a bha ann, có a bhuail 'nam aghaidh ach Iain.—*During this conversation, who should come face to face with me but John.*

Tha am bàta ri sgaoileadh leis an teas air aghaidh na gréine.—*The boat's seams are giving way through exposure to the heat of the sun.*

Chuir mi aghaidh air airson mar a bha e an aghaidh a bhràthar.—*I took him to task for his opposition to his brother.*

Chaidh binn a thoirt a mach 'na aghaidh.—*A decree was brought out against him, or, Judgment was pronounced against him.*

GEAL

Bha Seumas aon uair 'na shaor-geal.—*James was once a joiner.*

Na toir guth air ri duine geal air do bheatha.—*Don't mention it to a living soul for your life.*

Chan fhacas a dubh no a geal a riamh tuilleadh.—*Not a trace of her was found dead or alive.*

Tha e a cheart cho geal ri canach an t-sléibhe.—*It is as white as the cotton flower.*

AMHACH

Tha na fir ud an còmhnuidh ann an amhaichean a chéile.—*Those fellows are always at loggerheads.*

Tha Dòmhnall gu amhaich ann am fiachan.—*Donald is up to the eyes in debt.*

Na gabh ort a thoirt a steach air m'amhaich-sa.—*Do not dare bring it in against my expressed wish.*

A' TOIRT

Tha thu air thu féin a thoirt suas tuilleadh 'sa chòir.—*You have neglected yourself too much.*

Is ann a tha iad a' feuchainn ri do thoirt an mhòinteach*.—*They are only trying to mislead you.*

Am beil thu a' toirt suathalais* thuige?—*Do you manage to recognise him?*

Is math a tha mise a' toirt fainear dé a tha 'nad rùn.—*I understand full well what your intentions are.*

Có a dh'iarr ort sin a thoirt leat?—*Who asked you to bring that with you?*

Am beil thu a' dol a thoirt seachad an eich dhomh?—*Are you going to give me the horse?*

Tha an t-seinn a tha ort a' toirt gàire orm.—*That singing of yours makes me laugh.*

An i an fhìrinn a tha ann gu'm beil i a' toirt a mach an toraidh?—*Is it really true that she is a witch?*

SIUBHAL

Chan 'eil sgillinn ruadh aige air a shiubhal.—*He has not a single penny to his name.*

Tha móran diùbh gun shrad gràis air an siubhal.—*Many of them have not a spark of grace.*

Ghabh e 'na shiubhal e an uair a leum iad air.—*He was alarmed when they pounced upon him.*

Bha e 'na ruith fad an t-siubhail.—*He ran all the time.*

Shiubhail e an saoghal mu an iadh a' ghrian.—*He was a veritable globe-trotter, or, He has travelled all over the world.*

Fad mo shiubhail chan fhaca mi fear cho math riut air na breugan.—*In all my travels I have never seen your equal at telling lies.*

Tha am baile air fhàgail lom fàs gun fiù caora air a shiubhal.—*The village has been left desolate without even a sheep in it.*

GIULAN

Tha reusan ag giùlan nach bi sinne fada ri ar faicinn.—*It stands to reason we shall not be spared long.*

Tha iad ag giùlan le càch a chèile gu gasda.—*They are bearing with one another splendidly.*

Chunnaic mi giùlan a' dol a null air an abhainn.—*I saw a phantom-funeral going across the river.*

Ghiùlain mi leat fada gu leòir mar tha.—*I have borne with you long enough already.*

Ghiùlain se e féin mar dhuine air an robh eagal an Tighearna.—*He conducted himself like a God-fearing man.*

BEAG

Bu bheag orm féin a riamh luchd nam breug.—*I always disliked liars.*

Is beag is motha ormsa ciod è a ni thu air.—*Little do I care how you deal with him.*

Mur a b'e glé bheag dhomh gheibheadh tu sgleog.—*Only for very little I would give you a whack.*

Is e glé bheag a bheireadh orm t'fhuil a chur mu do shùilean.—*Very little provocation would make me assault you to the effusion of blood.*

SINEADH

Tha sìneadh a' tighinn anns an fheasgar.—*The evening is lengthening.*

“Tha so thuca,” ars Iain, is e a' sìneadh às sìos an t-sràid.—
“*They are in for it,*” said John, as he strode down the street.

Cha robh sìon aca, ach shìn Niall a làmh dhaibh.—*They had nothing, but Neil gave them a helping hand.*

Leig thu féin 'na do shìneadh air uachdar na leapa.—*Stretch yourself on the top of the bed.*

DEAN

So dhuit e, ma tha, agus dèan às.—*Take it, then, and make off.*

Faodaidh gu'n téid agam féin air a' chùis a dhèanamh air.—
Perhaps I shall be able to manage him alone.

Thugad an tarbh ; dèan air do shon féin !—*Look out for the bull ; watch yourself !*

Is ann ort a tha an coltas : nach dèan thu air do shocair ?—
What is all this stir about ; won't you take it easy ?

Tha e air sneachda cho mór a dhèanamh, is nach fhaigh duine a mach air toll doruis.—*It has snowed so heavily that people cannot show their noses out of doors.*

Tha mi a' dèanamh aithne gun chuimhne air.—*I know him, but I cannot place him.*

B'e sin an t-ainm gun an tairbhe, na dhèanadh tusa.—*Much cry, little wool, your share of the work.*

Dèan air do shon féin cho luath agus a tha agad!—*Look out for yourself at once!*

Tha e a nis a' dèanamh suas ri té eile.—*He is now keeping company with another lass.*

Ma phòsas tu air m' amhaich-sa faodaidh tu d'imrich a dhèanamh.—*If you marry against my wish you must clear out bag and baggage.*

Chan 'eil an t-eathar a' deanamh an aoin-uisge* dheth.—*The boat is making no headway in her tacking, or, The boat is not holding her own against the wind.*

Cha robh iad ach air tìr a dheanamh an uair a thàinig an latha a mach garbh.—*They had scarcely landed when a violent storm arose.*

Dèan thu féin aig an tigh; is e làn dì do bheatha!—*Make yourself at home; you are very welcome!*

Tha an òigridh air am baile a dheanamh dhaibh féin.—*The young people have the village at their feet, or, The young people have got the upper hand in the village.*

Mhill iad e le a bhi a' dèanamh tuilleadh 'sa chòir deth.—*They have spoilt him by making too much of him.*

Ged a tha thu a' dèanamh tàire air, is ann is math dhuit ann e.—*Although you despise it, you should only be glad to have it.*

Tha mi a' deanamh dheth gur e duine fuar fad às a tha ann.—*I understand that he is a cold unapproachable man.*

Tha e cho math dhuit dèanamh air an tigh 'na do ruith.—*It is as well for you to run away home.*

Sud e agad ; agus dean càl no brochan deth.—*There you have it ; and you can now make a spoon or spoil a horn.*

Tha e air uisge nan seachd sìon a dhèanamh.—*It has rained a veritable deluge.*

Dé an truaighe a tha thusa a' dol a dhèanamh le croit?—*What earthly use can you make of a croft ?*

Nach dèan thu air do shocair ; tha thu air a dhol às do chiall !—*Take it easy, man ; you have lost your reason !*

Siuthad, a nis, dèan seanachas duinn air a' chogadh.—*Come on, now, tell us of your experience in the war.*

Dèan suidhe a steach ris an teine, agus cuir thuige do phìob.
—*Sit in by the fire, and light your pipe.*

CAR

Chaidh a' chlach car mu char leis a' chnoc.—*The stone rolled down the hill.*

Cha dèan mise car da, ged a chuireadh e a sheanair às.—*I will not do a stroke of work for him, though he stood on his head.*

Dh'fheuch e ri mo char a thoirt asam, ach cha deachaidh leis.—*He tried to deceive me, but he failed.*

Chaidh agam air car mu chnoc a thoirt dà.—*I managed to dodge him, or, I succeeded in giving him the slip.*

Tha car anns a' ghàid iarunn. Có a ni dìreach e ?—*The bar of iron is bent. Who will straighten it ?*

Cha charaich mi gus am feum mi.—*I will not move till I must.*

Ghabh iad car air an t-saobh-shruth*.—*They took advantage of the eddying tide.*

CUAIRT

Chuairtich iad an t-aoradh aig deich uairean.—*They conducted worship at ten o'clock.*

Cuir ort do chòta ach an téid sinn cuairt am baile.—*Put on your coat so that we may go for a walk through the town.*

Ann an cuairt mo bheatha cha tàinig do leithid 'nam lùib.—*In all my life I have not met your equal.*

Chuir sinn am bàta mu'n cuairt air cùl an eilein.—*We turned the boat for a fresh tack beyond the island.*

Bha mi air mo chur cho mór mu'n cuairt is nach robh fhios agam c'àite an robh mi.—*I was so much upset that I did not know where I was.*

COIR

Tha còir agam air mo thuarasdal a thagairt.—*I have a right to claim my wages.*

Is còir domh dèanamh na chaidh iarraidh orm.—*I ought to do what I was told.*

Tha a' chòir air mo thaobh, a dhuine chòir.—*Right is on my side, my good fellow.*

Na tig air do bheatha a nall air do chòir féin.—*Do not on any account come across your own boundary.*

Is ann a bhios a' chòir mar a chumar i.—*Right may at times be synonymous with might, or, Right is might.*

Air cho còir is gu'm beil e bithidh feadhainn sìos air.—*In spite of his generosity, some people miscall him.*

Is e duine còir a tha ann, ged a tha e car aithghearr.—*He is a pious man, although he is somewhat short tempered.*

Tha e 'na dhuine cho còir agus a nì an sgìre.—*He is as generous as any in the parish.*

Thubhairt thu tuilleadh agus a' chòir a' cheana.—*You have said more than enough already.*

As a so cha téid mi gus am faigh mi mo chòir air mo bhois.—
Out of this I will not stir until my just claims are satisfied,
 or, *From this spot I will not move until I get all I am*
entitled to.

TAOBH

Cha tàinig an cnatan-mór* an taobh a bha sinn.—*The*
influenza has not come our way.

Tha taobh blàth aige rium bho bha mi aige ris a' chrodh.—
He has a warm side to me ever since I was herding his cattle.

A thaobh is gu'm beil beagan airgid aige bithidh e am measg
 nan daoine móra.—*Because he has some money he mixes*
with the gentry.

An taobh a théid esan théid e ann.—*With him there are no*
half measures.

Ciod è an taobh a ghabh e an uair a ruith e air falbh ?—*What*
direction did he take when he bolted off ?

Braidean, ghoideadh e eadar do làmh is do thaobh e.—*The*
rascal, he would steal it under your very nose.

Is e do chuid tilleadh an taobh às an tàinig thu.—*You will*
have to turn the way you came.

MOR

Gabhaidh sinn an rathad mór olc air mhath le càch e.—*We*
will take the high road, no matter what others may think.

Cha ghannnach 'eil an dithis aca mór aig a chéile.—*There*
is no lack of attachment between these two.

Tha latha mór a' feitheamh ort mur a bi thu gu math do
 Iain.—*You will have a day of reckoning if you don't*
treat John well.

Rinn na treabhaichean moch-éirigh mhór an diugh.—*The*
ploughmen rose very early to-day.

Bha iad an làthair, eadar bheag is mhór.—*They were present, both small and great.*

Is mór sin an so, ciod è a tha thusa a' smaoin eachadh.—*What you think is of little consequence to us.*

Ged a bha iad mór aig a chéile an uiridh, tha iad a nis gu math riabhach.—*Although they were very friendly last year, they are now very much the opposite.*

Tha a' bhuil ort mach robh thu a muigh an uair a bha i mór.—*It is well seen you were not there when things were at their worst.*

Fhuair Iain latha mór.—*John lived to a good old age.*

Bha e cho mór às féin is ged a gheibheadh e mart air adhairc.—*He was as proud as if he had unexpectedly got a present of a cow.*

Tha Seònaid glé mhór às an litir a chuir Iain thuice.—*Jessie is very proud of the letter John sent to her.*

Is mór ormsa cron a dhèanamh ortsa.—*Far be it from me to do you harm.*

Tha a' ghaoth air fàs cho mór agus nach cuir sinn i.—*The wind has got so strong that we cannot make headway rowing against it.*

Tha gaol mór aig Iain air Màiri.—*John is deeply in love with Mary.*

Cha mhotha ormsa thu agus am fear a rinn a' phrais-bheag.—*I care no more for you than I do for a tinker.*

Thàinig fàs mór air a' mhinisteir againne.—*Our minister shows considerable growth in grace.*

Bha dùsgadh mór anns an sglre ud an uraidh.—*There was a great revival in that parish last year.*

Tha e dìreach 'na chùis-bhùirt leis an fhearas-mhór.—*He is just a laughing-stock with his overweening conceit.*

Cha mhór nach cuireadh an t-srànn a tha agad na h-eich às a' choirce.—*Your snoring would almost drive the horses out of the corn.*

Tha sgoil mhór aige ; tha fios aige air a h-uile rud.—*He is well educated ; he knows everything.*

Bu mhór am béud nach d'fhuair thu air an sgoil a thoirt leat.—*It was a great pity you failed to benefit by your school education.*

Tha uisge mór ann ; gabh agad féin gu math.—*There is heavy rain ; wrap yourself up well.*

LEIS

Tha toil agam bruidhinn fhaighinn ort leat féin.—*I should like to have a private interview with you*

Suas leat, a bhalaich, is bi 'na dhosan !—*Up, my lad, and at him !*

Leig thusa leat ; ach cha deachaidh tu féin bharr na tàlmhainn fhathast.—*You bide your time ; but you are not off the earth yet.*

Co leis thu : dé an t-àinm a tha air t-athair ?—*Who are your parents : what is your father's name ?*

Leis cho tinn agus a bha e, thug sinn a steach an lighiche.—*As he was so ill we called in the doctor, or, His illness was such that we called in the doctor.*

Leigeadh esan leis*, ach gheibh mise mo latha féin air fhathast.—*Let him bide his time, but I shall be quits with him yet.*

C'arson a leig thu leis smachd a bhi aige ort ?—*Why did you allow him get the upper hand of you ?*

Chan fhuiricheadh e leis féin le eagal nam fuath.—*He would not stay alone for fear of ghosts.*

Leig dha ; chan urrainn gun téid leis.—*Leave him alone ; it is impossible that he should succeed.*

Thoir air ais e do'n fhear leis am bu leis e.—*Give it back to its rightful owner.*

Bha na caileagan ag cluiche am muigh leis a' ghealaich.—*The girls were playing out in the moonlight.*

Thoir an aire ort féin nach téid thu leis na creagan.—*Take care of yourself lest you fall over the rocks.*

Chan 'eil math dhuit ; faodaidh tu an t-earbull a leigeadh leis a' chraiceann.—*There is no use ; you may as well bow to the inevitable, or, No use ; you may as well be hanged for a sheep as for a lamb.*

Dh'fhalbh an t-arbhar leis a' ghaoith orra.—*The r corn was carried off by the wind.*

A' DOL

Tha a' mhin a' dol an daoiread an dràsda.—*Meal is getting dearer now.*

Tha e gu ìre bhig air a dhol á riochd nan daoine.—*He has almost lost all semblance of a human being.*

An ainm an Aigh, c'arson nach 'eil thu a'dol do'n tobair ?—*In the name of goodness, why don't you go to the well ?*

Bha sinn air a dhol a chur nan lion, ach* an latha a bhi fàbharach.—*Had the day been favourable, we would have gone to cast the lines.*

Chan fhòghnadh gun mise a dhol còmhla ris.—*Nothing short of my accompanying him would suffice.*

Cha robh facal a' dol ach a' Ghàidhlig a b'fhearr a bha againn.—*Our conversation was entirely in our best idiomatic Gaelic.*

Tha Dòmhnall air a dhol gu mór ann an caoraich.—*Donald's flock of sheep has largely increased.*

Chan 'eil mi a' dol leat idir an dràsda.—*I do not at all agree with you at present.*

Is beag orm féin na fasanan a tha a' dol am bliadhna.—*This year's fashions don't in the least appeal to me, or, I dislike the fashions in vogue this year.*

Ciamar a tha a' dol agad air do theaghlach a chumail suas?—*How do you manage to provide for your family?*

Cha robh dol às ann, agus b'fheudar daibh a dhol an gréim.—*There was no escape, so they had to come to grips.*

Cha robh air dol da mar a chaidh, na'm biodh e air feart a thoirt ormsa.—*That would not have happened to him, had he listened to me.*

Aig dol fodha na gréine cha robh guth aig a' ghaoith air sgur.—*At sunset the wind showed no signs of abating.*

Is ann a tha e a' dol a dhèanamh oidhche mhath.—*It is only going to turn out a good night.*

Tha e air a dhol deth féin leis a' phròis.—*He is mad with conceit.*

Tha Iain a' dol am feabhas bho bha an lighiche aige.—*John has been improving since the doctor attended him.*

Tha mi air mo shàrachadh agad le do dhol a mach.—*I am sick-tired of your behaviour.*

Tha mi toilichte gu'm beil a' dol cho math dhuit.—*I am pleased you are getting on so well.*

Tha na breugan a' dol tarsuinn aige.—*His stumbling speech declares him a liar.*

Bha a'dol agam air mi féin a dhìon mar nach b'olc.—*I was able to defend myself tolerably well.*

Chan 'eil làmh an Tighearna air dol an giorrad.—*The hand of the Lord is not shortened.*

Anns a' cheud dol a mach dh'iarr e orm an aire a thoirt orm féin.—*At the outset he told me to be careful of myself.*

GABH

Na gabh ort a thighinn 'nar gaoith.—*Do not dare to come near us.*

Is e droch dheireadh a bhios ort, ma ghabhas tu romhad mar a tha thu.—*You will have a bad ending, if you persevere in your present course.*

Leis nach robh mi eòlach air, cha ghabhainn orm bruidhinn a thoirt às.—*Not being acquainted with him, I had not the courage to engage him in conversation.*

Gabh taobh an fhuaraidh de'n fheadhainn a bhios 'gad mholadh.—*Give those who praise you a wide berth.*

Ghabh iad gu h-olc e, nach tugtadh dhaibh na lìn air dhàil.—*They were offended that they would not obtain the nets on credit.*

Na gabh idir na their am fear ud mar smior na firinn.—*Don't take what that man says at all for Gospel truth.*

Tha teine gu leòir air an uair a ghabhas e.—*The fire is good enough when it lights up.*

Ghabh i an cnatan aig crodh Chaluim.—*She caught a cold while herding Malcolm's cattle.*

Fhuair sinn gabhail ruinn (rinn) glé mhath.—*We were very hospitably received.*

Gabh aig an arbhar mus tig an t-uisge air.—*Secure the corn well to protect it from the rain.*

Is math a fhuaras tu an uair a ghabh thu air Tormod.—*You did splendidly when you put Norman to flight.*

An d'fhuair thu gabhail aig an iasgach fhathast?—*Have you been engaged for the fishing yet?*

Na gabh Dòmhnall idir air fhaicinn.—*Don't judge Donald at all by his appearance.*

Tha sinn ag gabhail fadachd nach 'eil thu a' tighinn.—*We are longing (wearying) for your coming.*

Ghabh Ruaraidh anns an arm le thoil féin.—*Roderick voluntarily enlisted in the army.*

An uair a ghabh an seòl a làn, bhris an crann.—*When the wind filled the sail the mast broke.*

Tha am bàta air gabhail air an sgeir.—*The boat has grounded on the rock.*

Nach bu tu a' chùis-bhùirt nach do ghabh thu air.—*You are not worth your salt when you didn't get the better of him.*

An gabh a' chrò na caoraich gu léir?—*Can the fold hold all the sheep?*

So a' bhéinn air am biodh na caoraich againne ag gabhail.—*This is the hill on which our sheep used to graze.*

Ghabh e thuige féin gur ann aige féin a bha a' choire.—*He realised that he himself was to blame.*

Ghabh e air falbh aig peilear a bheatha.—*He bolted off as if for dear life.*

Ghabh e eagal a bheatha gu'm biodh e air a mharbhadh.—*He was in mortal terror that he would be killed.*

Bha eagal orra gu'n gabhadh Coinneach ri a bheatha féin.—*They were alarmed that Kenneth would commit suicide.*

Chan 'eil mi ag gabhail ris gu'n tig e a rithist air luathair.—*I do not think he will come again in a hurry.*

Am beil thu an dùil gu'n gabh a' chaora ris an uan?—*Do you think the sheep will take to the lamb?*

Dh'iarr sinn air òran a ghabhail, agus mur a d'fhuair sinne sin.—*We asked him to sing a song, and he certainly rose to the occasion.*

Ghabh e a' leithid de mhi-thapadh agus nach robh fhios aige dé an talamh air an robh e.—*He was so much taken aback that he did not know whether he stood on his feet or on his head.*

Stad thusa ort, agus chì sinn ciod è a ghabhas dèanamh.—*Be patient, and we shall then see what can be done.*

Bithidh sinn ag gabhail nan leabhraichean aig deich uairean.—*We conduct worship at ten o'clock.*

Bha Iain ag gabhail do naidheachd.—*John was asking for you.*

Ghabh i pòsadh Iain thuice cho mór is gu'n do chuir e gu laighe na leapa i.—*She took John's marriage :o much to heart that she took to her bed.*

Tha e ag gabhail air a bhi 'na dhuine air am beil cùram.—*He professes to be a God-fearing man.*

THUG

Coma leibh, no co-dhiùbh, a mach gu'n tug mi.—*At any rate, off I went.*

Dé a thug ort an t-saighdearachd a thoirt ort?—*What induced you to enlist in the army?*

Dh'éirich e gu bog balbh, agus thug e an t-sitig* air.—*He got up quietly and quitted the house.*

Dé a' phrìs a thug thu air na cléibh?—*How much did you pay for the creels?*

Thug esan a leabaidh air an uair a chuala e sud.—*He took to his bed when he heard that.*

Fhuair sinn gu tìr mus tug e a' cheud bhoinne de lìonadh.—*We managed to land before the return of the flow-tide.*

Cha b'ann bho a athair féin a thug esan a bhi cho mór-chuiseach.—*It was not from his father he inherited his pride.*

Thug mi an t-each dha air deich notaichean.—*I gave him the horse for ten pounds.*

Thug e thugam a' chaora a bha air chall orm.—*He brought to me the sheep I had missed.*

Thug e orm gabhail leis air an sgeir.—*He made me take the lee side of the rock.*

Thug e gàire orm leis na magaidean* a bha aige.—*He made me laugh with his funny pranks.*

Thug mi leum asam thairis air a' bhalla.—*I leaped over the wall.*

Sud agad mar a thug iad an t-ainm ud air.—*That is how they gave him that name.*

Cia às a thug thu do chois eachd cho tràth air an latha?—*Where did you come from so early in the day?*

Thug mi trì iasgaich às a' bhriogais ud.—*That pair of trousers lasted me for three fishing seasons.*

Ma phòs ise cha b' e a brèaghad a thug a mach i.—*If she has married it was not for her beauty.*

Thug e leis am foghlum glé mhath.—*He was an apt scholar.*

An gille a thug a mach am foghlum an uraidh tha e a nis a' toirt seachad sgoile.—*The young man who finished his education last year is now teaching.*

An tug e guth riut air na caoraich?—*Did he say anything to you about the sheep?*

Cha tug i dhuinn mórán de orain aotrom.—*She did not give us many light songs.*

Thug e toll air a' bhucas.—*He made a hole in the box.*

CUM

Cùm do shùil air a' chrodh mus éirich càil daibh.—*Keep your eye on the cattle in case anything may happen to them.*

Bha Iain agus Seònaid ag cumail ri a chéile bho chionn fada.—*John and Jessie have been courting for a long time.*

Mur a téid i air fuaradh air an sgeir cùm leis oirre.—*If she does not weather the rock take the lee side of it.*

Leigidh mise ris duit gu'm feum thu cumail air falbh uamsa.

—*I will show you that you must keep away from me.*

Tha iad ag cumail a mach gu'm bi goirt an ceannach aige air.—*They maintain he will have dear-buying of it.*

Ged a chùm mi orm féin cha b'ann gun spàirn.—*It was with difficulty I restrained myself, or, Although I kept myself under control it was with a strong effort.*

Tha mi air mo chumail anns an aona choire-teth a latha is a dh'oidhche.—*I am kept in the same turmoil day and night.*

Cùm air, cùm air; is e e féin a chumadh oirne.—*Pile on, Pile on; he himself would pile on us, or, Keep him in check; he would be the very man to checkmate us.*

Tha thu ag cumail ris glé mhath.—*You are very vigorous for your years.*

Ciamar a théid agadsa air bean a chumail suas?—*How will you be able to support a wife?*

Bithidh e cruaidh air a' bhàta gu'n cùm i a ceann ann.—*The boat will scarcely be able to ride the storm.*

Cùm oirre ach an cuir i an rudha dhith.—*Keep her going, so that she may weather the point.*

Cùm rithe mus téid i air na creagan.—*Pull stronger lest she go on the rocks.*

Cùm agad gu math mus buail i.—*Pull well astern lest she might run aground.*

Cùm fodha, ach am faigh mi gréim air a' phuta.*—*Back water, so that I can catch the buoy.*

Cùm an àird i, ach an dèan i am port deth.—*Keep her close-hauled, so that she can make the port.*

Cùm air falbh bho choileach* an t-srutha.—*Keep outside the bore of the tide, or, Keep clear of the rapids of the tide.*

Bha sinn air ar cumail ri port fad an latha.—*We were storm-stayed in port all day.*

Chùm iad oirre ris a' chladach leis na ràimh anns a' chloich*
—They rowed her along close by the shore.

Cumaibh oirre fhad agus a tha am marbh-shruth* ann.—
Keep her going as long as you have the slack-tide.

Cùm bho na creagan mus téid thu às do chnàmhan.—*Keep away from the cliffs or you might break your bones.*

LAMH

Bha iad ag obair fo làmhan a chéile.—*They were trying to oust one another in an underhand way.*

Fhuair iad a dhà an làimh an urra.—*They obtained two each.*

Thilg e am maide fad a làimhe a mach air a' mhuir.—*He flung the stick as far as he could out into the sea.*

Ma fhuair esan fo a làmhan e faodaidh tu beannachd a leigeadh leis.—*If he has got it under his control you may bid good-bye to it.*

Bha mi gun ghleòran* ruadh air mo làimh.—*I had not a single copper in my possession.*

Chan 'eil e ach mu làimh ; is ann thuige is uaithe a tha e.—
His health is indifferent ; he is just off and on.

Bha sad a dhà làimhe* aige air marbhadh éisg.—*He was catching as many fish as he could handle.*

Is ann air Màiri fhéin a bha an dà làimh.—*For a good pair of hands commend me to Mary.,*

Tha Iain agus Dòmhnall glé mhath air an làmhan.—*John and Donald are very handy men.*

Mo làmh-sa dhuit, gur tusa a gheibh na brògan.—*I assure you, you will get the best of boots.*

AIG

Am beil cuimhne agad an dlol a bhiodh aig na balaich oirn ?—*Do you remember how the boys used to torment us ?*

Is math a bha fios agam gur h-i a' bhreug a bha aige.—*I knew very well that he was telling an untruth.*

Dh'fhalbh e gun bheannachd fhàgail aig duine.—*He left without bidding any one good-bye.*

Bha Seumas glé mheasail aig an t-sluagh.—*James was much respected by the people.*

Tha e gus a bhi; chan 'eil fada aige.—*He is very ill; he has not far to go.*

Chuala mi aig Seòras gu'n robh Iain aig an tigh.—*I heard from George that John was at home.*

Bha aige ri e féin a chur ann an riochd boirionnaich.—*He had to disguise himself as a woman.*

Bithidh mi agad cho luath agus is urrainn domh.—*I shall be with you as soon as I can.*

Fhuair e an té ud, agus is math leamsa aige i.—*He got that blow to his pride, and I am glad of it, or, That is one for him, and I don't grudge to it him.*

Is e so an t-aon phort a théid agam air a chluich.—*This is the only tune I am able to play.*

So Iain agad; agus chan ann bho'n fhèath a tha an uspag.*
—*Here comes John; and his ruffled appearance betokens no good.*

Thòisich e a' fanoid orm, ach is beag fios a bha aige cò a bha aige.—*He began to mock me, but he unwittingly caught a Tartar.*

Dé a tha thu ag ràdh?—*Seadh, seadh, tha thu agam a nis.—What do you say? Aye, aye, I understand you now.*

Có aige a tha fios ciod è a tha an dàn da?—*Who knows what destiny has in store for him?*

Cha robh a' Bheurla a bha aige ach mu làimh.—*His command of English was but poor.*

Is ann agad a tha am beachd gu'n creid mise thu.—*You, surely, don't expect me to believe you, or, You have a good opinion of yourself if you imagine I believe you.*

An uair a chunnaic mi mar a bha an tigh, sheas mi aige.—

—*When I saw the condition of the house, I attended to it.*

Tha breacan á baile agad an diugh, Iain.—*You appear to be dressed for a journey to-day, John.*

Mar a tha mise air mo chlaoidh aig an àiteach!—*How harassed I am with the spring-work!*

Feuch thusa riut, nach math a chaidh aige air faighinn cuidhte 's i.—*Just, you imagine, how cleverly he managed to get rid of her.*

Thoill thu smùid a chur às an earbull agad.—*You have deserved to get a sound thrashing.*

A chiall beannaich mise, nach garbh a' chainnt a tha agad!—*Good heavens, what uncouth language you use!*

Thoir do bhean á nead ghlan, air neo bithidh ceannach agad air.—*Get your wife out of a good family, otherwise you will pay dearly for it.*

Is e sop às gach seid a bha aig moran diùbh.—*Many of them were rambling in their remarks.*

An deidh sin, agus na dheidh, bu chòir duit-sa ciall a bhi agad.—*After all, you ought to have some sense.*

Sud am fear a bha sinn anns an tigh aige.—*That is the man in whose house we were.*

Is ann agamsa a tha a' chùirt ag éisdeachd riut.—*I don't see why I should waste my time listening to you.*

Tha mi cinnteach gu'm beil imlich na corraig* aige féin deth.—*I am sure he appropriates some of it for himself.*

Is e itheadh na cruaidhe fo a sioman a tha agad air.—*You are living beyond your means.*

Is ann a tha mise dhuit, mar a chaidh aige air a' Ghaidhlig a thoirt leis.—*What surprises me, is how he managed to learn the Gaelic.*

Cha bu ghanh nach robh suidhe-suas* aig an teaghlach ud.—*There was no lack of hospitality shown by that family.*

Cha deachaidh agam air, ach is ann agam féin a bha a' choire.—*I did not manage it, but I was myself to blame.*

Am bheil fhios agad ciod è a tha aige 's an amharc? Is ann agam a tha, agus faireachdainn.—*Do you know what he has in view? Yes, indeed, I have reason to know it.*

Tha dà bhliadhna aige a bharrachd ormsa.—*He is two years older than I.*

Sin agadsa mar a tha a' chuis, ach dh'fhalbh sin is thàinig so.—*This is how matters stand, but the old order changeth.*

Tha e 'na sheasamh an sud, agus gun ach thig agus cha tig aige.—*He stands there in two minds as to what to do, or, He stands there undecided as to whether he will go or stay.*

Ma bhios rud aice 'nad aghaidh, cha chluinn thusa a dheireadh.—*If she has anything against you, you will not hear the end of it.*

Is ann agamsa a tha an t-àmhghar dhìot.—*You are a veritable thorn in my flesh.*

Tha an t-Earrach againn a nis, anns a' chùinntas ùr.—*We have spring now, according to the new reckoning.*

Thàinig buatham* fodham toirt às mar a bha agam.—*I had a sudden impulse to bolt away, or, The thought struck me I should show a clean pair of heels.*

Chuir an ceannaiche a h-uile fear aig an robh fiachan air 'nan cuid féin.—*The merchant paid all his creditors in full.*

Cha robh fhios agam an robh no nach robh e 'gam chreidsinn.—*I was not sure whether he believed me or not.*

Is gun againn ach sinn féin 'nar dithis.—*Without a living soul but the two of us.*

Cha tigeadh dòrn* a steach de an lion aig* neart an t-srutha.
—*Owing to the force of the tide, not an inch of the line could be hauled aboard.*

Tha cuibhle mu'n ghealaich, agus fuaime mór aig a' mhuir.—
There is a halo round the moon, and the breakers boom on the shore.

Tha mi dìreach air mo nàrachadh agad.—*You have thoroughly disgraced me.*

Coma leat! Chan 'eil na litrichean aige fhathast.—*Don't bother! He does not even know the alphabet yet.*

Na bi trom air: chan 'eil aige ach an òige.—*Don't be severe on him: he is only young.*

Cha robh aige ach an gad air an robh an t-iasg.—*What remained to him was the semblance, not the reality.*

Bliadhna Mhath ùr duit; tha i agam ort!—*Happy New Year to you; I have forestalled you!*

Tha na h-uain 'nan conablaich aig na coin.*—*The dogs have almost torn the lambs to pieces.*

Am beil guth agad air falbh? Chan 'eil, is ann agam nach 'eil.—*Have you any word of going? No, indeed, I have not.*

Cha d'fhuair mise e; cha robh iarraidh agam air.—*I did not obtain it; I had no desire for it.*

Rinn e airson a bhi agam, ach b'fhéudar dà tilleadh mar a bha aige.—*He made a bee line for me, but he had to beat a hurried retreat, or, He made ready to attack me, but he had very soon to turn tail.*

Sud am fear aig an robh mi aig an iasgach.—*That is the fellow under whom I served at the fishing.*

Tha tasdan aig Iain orm, ach cha bhris sin mi.—*I owe John a shilling, but that will not make me bankrupt.*

Is ann agam a bhiodh a' bhun-obair a dhol a shealltuinn ortsa.—*It would be waste of time on my part to go to see you.*

Ach cha robh cothrom aige air, bròinean.—*But he could not help it, poor fellow.*

Is e “Sìne” a tha aig Alasdair Mór air a mhnaoi.—*Alastair Mor calls his wife “Jean.”*

Bha iad ag ràdh gu'n robh an dà-fhradharc aige.—*People said that he had the second-sight.*

Is e a thug air sud a ràdh nach robh e aige féin aig an ám.—*What made him say that was that he was not responsible at the moment.*

Tha eagal aig Niall roimh Dhòmhnall.—*Neil is afraid of Donald.*

Am fasan a bha aig Niall bha e a riamh ris.—*Neil is the same old sixpence.*

Bha boinne-taige* aig na deòir aice air an làr.—*She was shedding copious tears, or, Her tears fell pitter-patter on the ground.*

Bha e ro fhada 'na pheata-caillich aig a sheanamhair.—*He had been too long molly-coddled by his grandmother.*

Bha iad seachduin againn air aoigheachd.—*They were our gue ts for a week.*

Is suarach aige-san dé a their thu ris.—*Little does he care what you say to him.*

AIR

Bha iad air éirigh air a' cheud ùrnuigh.—*They had stood for the first prayer.*

Tha an tigh aige air a reic.—*He has the house sold, or, His house has been sold, or, He has affected the sale of a house.*

Thàinig firinn thugam* ort, dìreach mar gu'm biodh guth air labhairt rium.—*A verse of scripture forcibly came to my mind about you, exactly as if a voice had spoken to me.*

Na innis air Iain sud air do bheatha.—*Don't for your life tell that about John.*

Is mór m' eagal gu'm beil am bàs air Aonghas.—*I am much afraid that Angus is dying.*

Air cho math is gu'm beil thu air na breugan, cha chuir thu mise air ghocaireachd*.—*Able as you are at telling lies, you cannot send me on a fool's errand.*

An uair a thuit an oidhche air cha robh duine còmhla ris ach e féin.—*When night overtook him he was all alone.*

Cha robh móran sgairte air a' mhinisteir an diugh ann.—*The minister had not much freedom of speech to-day.*

Ach cha robh dath no blas na firinn air an naidheachd a bha aige.—*But his news did not bear the least resemblance to the truth.*

Chuir iad an t-eathar air bhog, ach an uair an uaireadair bha i làn.—*They launched the boat, but within an hour she was swamped.*

Tha a fhreagairt glé fhaisg air Murchadh.—*Murdo is ever ready with an answer.*

Tha balach beag aca air am beil Dòmhnall.—*They have a little boy named Donald.*

Bheir mise air gu'n cuir mise ri tìde a' bhaile e.—*I will show him I shall keep him up to the scratch.*

Cha robh an latha ach air glasadh an uair a thog sinn oirnn.—*The morning had scarcely dawned when we set out.*

Cha bu gheamha leam* air nota gu'n tug thu guth air ris.—*I had rather lose a pound than that you should have mentioned it to him.*

Tha ise coma ach far an tuit an oidhche oirre.—*She makes herself at home anywhere.*

Mur 'eil mi air mo mhealladh, is e Tormod a tha air.—*If I am not mistaken, his name is Norman.*

Is ann ort féin a tha neul an acrais.—*You are the very picture of hunger.*

Dh'innis i dhuinn ciamar a bheireadh sinn air na cearcan breith.—*She told us how to make the hens lay.*

Na bi thusa ri fanoid air obair a' chruthachaidh.—*You must not scoff at God's handiwork.*

Abair thusa gu'n robh éigheach air Dòmhnall.—*I may tell you that Donald did shout lustily.*

Thoir an aire nach dòirt am bainne ort.—*Take care that you don't let the milk spill.*

Tha eagal orm gu'n téid an ceòl air feadh na fìdhle oirbh.—*I am afraid that you will make a mess of things.*

Dh'innis iad facal air an fhacal da.—*They told him word for word.*

Cha bhi an sgadan air a reic ach mar a tha iarraidh air.—*Herring can be sold only in so far as there is a demand for it.*

Mo nàire ort! C'arson a dh'fheuch thu a' chlach air a' chirc?—*Shame man! Why did you throw the stone at the hen?*

Cuiridh mi air falach i, is their mi gu'n deachaidh a goid orm.—*I shall hide it, and then pretend that it had been stolen from me.*

Chaidh ainm a thoirt air a tha a' brath air leantuinn ris.—*He has been given a nick-name that is likely to stick to him.*

Bu dual dà-san a bhi gu math trom air a' bhotul.—*His fondness for the bottle was a family failing, or, If he were like his people he would be a drunkard.*

Tha an gaol air bualadh gu trom air.—*He has fallen deeply in love.*

Bha iad air an éigheach anns an eaglais an diugh.—*Their banns were proclaimed in church to-day.*

Tha an ath thìde-mhara gu bhì air ar muin.—*Another turn of the tide will soon be upon us.*

Chan 'eil e gu math do na balaich a bhì ro throm orra.—*It is not good for boys to be too strict with them.*

Bha na bodaich air an eathar an raoir.—*The old men were out fishing in their boats last night.*

Chan 'eil nì fo'n ghréin nach 'eil fios aige air.—*There is nothing under the sun but he knows about.*

Dé a tha agad air, ach gu'n deachaidh e air tòir mnatha?—*Would you believe it? He actually went in search of a wife.*

Air m' fhacal, tha smior na firinn agad!—*Upon my word, you speak the unadulterated truth!*

Chaidh innseadh dhomh gu'n robh an teasach ort.—*I have been told that you had fever.*

Is duilich am bàs a chaidh air Iain bochd.—*Poor John has had a very sad death.*

Chan 'eil rian air nach 'eil e beartach, agus na choisinn e a dh' airgiod.—*He cannot possibly be anything but rich, when he has earned so much money.*

Ged a tha mi an diugh air dhroch bhrògan, bithidh mi fhathast air m' àrd éideadh.—*Although I am poorly shod to-day, I shall yet be well dressed.*

Cha robh air ach dèanamh air an dachaidh, dorch 's mar a bha e.—*There was no alternative but to make for home, dark as it was.*

Leag sinn croinn air, agus thuit mo chuid ormsa dheth.—*We cast lots for it, and I got my share of it.*

Tha eagal orm gur ann air thuaiream a tha thu a' bruidhinn.

—*I am afraid you are only guessing.*

Bha e aithneachadh beag* fhathast goirid air an àirde a bhi air.—*He was still slightly short of the required height.*

Bi ann air a h-uile cor, gun fhios nach tig e.—*Be present at all events, in case he may come.*

Thoir às m' fhianuis ort cho luath agus a tha agad!—*Clear out of my sight, immediately!*

Tha luchd mór tinnis air Màiri an nochd.—*Mary is very feverish to-night.*

Tha lùdag mhath aige air cluiche na pìoba.—*He is an expert player of the bagpipes.*

Chaidh a h-uile rud a bha ann air a bhroinn da.—*All his schemes came to naught.*

Shaoil Niall gu'n robh lach air spòig aige.—*Neil thought that he had found a treasure.*

Biodh sin mar a thogras e, ach chan 'eil esan air na taghaidh.—*Be that as it may, but he is not of the best.*

Ciod è a rinn e ort? An ann riut a bha e?—*What did he do to you? Did he strike or molest you?*

Co-dhiùbh, chan 'eil air a sin ach sin féin.—*That is that, anyhow.*

Seann nighean a tha air dùil a thoirt thairis.—*An old maid who has lost hope of ever getting a man.*

Tha e furasda gu leòir duit rud a thoirt a chreidsinn air.—*It is easy enough for you to make him believe anything.*

Na biodh eagal ort air mo shon-sa air chor 'sam bith.—*Don't be alarmed about me in the least.*

Is e a' chuid am baile mór a thoirt air ach am faigh e a theachd-an-tìr.—*He must go to the town to earn his living.*

Chan ann air aran lomnochd a dh'fhàs thusa cho tiugh agus a tha thu.—*It was not on bare bread you became so stout.*

Tha thu a freagairt orm glé mhath an dràsda.—*You suit me very well at present.*

Tha mi féin agus Iain air an aon fhacal.—*John and I are of the same opinion.*

Cha robh an t-each móran orm : cha b'fhearr a nasgaidh e.—*I did not pay much for the horse : the price was merely nominal.*

Cha robh a' bhó a bheag orm : bha i ann an ion 'sa bhi a nasgaidh.—*I paid very little for the cow : it was little short of a gift.*

An uair a chuireas i suas na siùil-àrda, cha bhi dìth air crathadh.—*When she flaunts her finery, there is no lack of display.*

Chuir e bus mór air an uair a dhiùlt mi an t-airgiod da.—*He turned sulky when I refused him the money.*

Cha tugainn taing air ged a bhiodh balach rud-eigin aotrom —*I should attach no importance to levity in a boy.*

Cha robh sion de bhlas na Beurla air a' Ghàidhlig aige.—*His Gaelic showed no trace of an English accent.*

Is bochd nach robh agamsa na bheireadh air falbh mi.—*It is a pity I had not as much money as would pay my fare away.*

Thachair an cat ris air an stairsnich.—*He received a hostile reception.*

Crath uisge air, mus bi e ri diosgail.—*Sprinkle water on it, to keep it from creaking.*

Ged a tha mise an diugh air tuiteam uaithe, bha uair a bha mi glé làidir.—*Although my strength has now failed, there was a time when I was a very strong man.*

Tha an nighean ud glé bhrèagha air dhòigh.—*That girl is very pretty after a fashion.*

Bha mi air mo tholladh leis an acras.—*I was famishing for want of food.*

Cha robh mi a riamh 'nam throm air càch.—*I have never been a burden on others.*

An i an fhìrinn a tha ann gu'n dubhairt Iain gu'n robh e deònach ort?—*Is it really true that John said he was ready to fight you?*

A mhic do mhathar a tha thu ann, bheir mise ort!—*You son of a gun that you are, I will make it hot for you yet!*

Tha iasgach trom ann an diugh, agus gu dearbh fhéin, chan 'eil droch fheum air.—*There is a heavy fishing to-day, and, indeed, that is much required.*

Chan 'eil bòrd air sàl air nach deanadh am bàta agamsa falach cuain.—*There is no boat afloat, but mine would leave far behind in her wake.*

Bhiodh i uair air bile na tuinne agus uair eile 'na clais.—*At times she would be on the crest of the wave, and again in its trough.*

Chan 'eil nì fo'n ghréin nach 'eil fhios aige air.—*There is nothing under the sun but he knows about.*

Thàinig a' mhaise-mhullaich* air 'na òige.—*He became bald-headed when young.*

Tha e air tòiseachadh air còmhradh-beag* leis féin.—*He has begun muttering to himself.*

Bheir an dearbh rud sgrìob liath an Earraich* orra.—*That very thing will yet leave them destitute, or, That same thing will yet exterminate them.*

Cha tugainn bonn-a-h-ochd* ort, mur a cuireadh tu an dòrnag a mach air.—*You are not worth your salt, if you cannot cast the stone farther than he can.*

Is e a bha uam gu'm faighinn air fios a chur thugad.—*What I wanted was an opportunity to get word sent to you.*

Fuirich thusa ort; cha do thuig thu an clò!—*Hold you on; you have not yet grasped the situation.*

Bha e a' dearbhadh air mo bhus gu'n robh mi a' fanoid air.—*He was proving down my throat that I was mocking him.*

Neo-ar-thaing mur an robh e deas air na breaban.—*There is no question but he was quick with his feet.*

Is e a bha math air gearradh nan sùrdag.—*He was very smart at cutting capers.*

Is ann ort a tha a' bhathais làidir, a chabag gun nàire.—*You have a brazen face, you shameless gossip.*

Thàinig orm tilleadh dhachaidh mar a dh'fhalbh mi.—*I had to return home with my object unaccomplished.*

An uair a b'fhearr agus a b'fhearr a bha sin, thàinig am maor-sithe air air muin gun fhios.—*When we thought we were getting on so well, the policeman came upon us unexpectedly.*

An rud nach d'fhuair Niall chan iarrar air e.—*Allowance should be made for Neil's limited mentality.*

Tha mi a' brath air mo làmhan a chur riut a mach às an tigh.—*I have a good mind to push you out of the house.*

Bheir mise ort, ma thig thu a nall air do chòir féin.—*I shall make it hot for you, if you come across your own boundary.*

Mar a bha a' bhochdainn 's a chùis, nach ann a chaidh an t-each 'na bhéist orra.—*Unfortunately for them, their horse became obstreperous.*

Theid a h-uile rud a tha ann 'na bhrochan oirbh.—*You will make confusion worse confounded.*

Is e dìth na céille a bha ortsa bho chunnaic sinne thu.—*You have been lacking in understanding ever since we saw you.*

Rinn esan, an truaghan, mar a chaidh iarraidh air.—*He, the poor fellow, did as he had been told.*

Is ann ort a chaidh an call nach robh thu aig a' choinneamh.—*You have missed much by not being at the meeting.*

Na'm faiceadh tu féin am piseach a tha an deidh a thighinn air.—*You would be amazed at the progress he has made.*

C'arson a thigeadh tu féin air a leithid sin?—*Why should you speak of such a thing?*

Tha an taoim* air a dhol thairis air na reangan.—*Things have been allowed to go too far.*

Tha a' ghaoth air fàs glé mhór.—*The wind has got very strong.*

Cha robh deò air a' ghaoith, ach bha gluasad mór air a' mhuir.—*There was not a breath of wind, but there was a heavy swell.*

Thòisich am feasgar a' tighinn air, agus cha b'ann air a shocair.—*The darkness of evening began to overtake him, and that very quickly.*

Bha eagal air gu'n tigeadh air coiseachd dachaidh.—*He was afraid he would have to walk home.*

Bha a' chlann ag coimhead a mach air an uinneig.—*The children were looking out of the window.*

Ged a chaidh e air folach orm gheibh mi lorg air.—*Although he hid himself from me I shall find him.*

Tha iad a' fàgail air gu'm beil e ris na breugan.—*He has the reputation of being a liar.*

An uair a bhios am maighstir air falbh bithidh Iain ag coimhead an deidh na bùtha.—*When the master is absent John looks after the shop.*

Chunnaic sinn bàta a bha air na lìn a chàll.—*We saw a boat which had lost her nets.*

Chan 'eil aig Dòmhnall bochd air.—*Poor Donald knows no better.*

Cha robh dòigh eile aig an duine bhochd air.—*The poor man had no alternative.*

Chaidh iad air seacharan air a chéile.—*They lost sight of each other.*

Thàinig sud orra mar chloich às an adhar.—*That came upon them like a bolt from the blue.*

Is e so an t-aon rann a tha air sgeula de'n òran.—*This is the only verse of the song that can be traced.*

Cha robh agam air ach tionndadh air.—*I had no alternative but to turn on him.*

Tha mi ag glacadh fianuis ort.—*I shall take legal proceedings against you.*

Tha an lighiche air dùil a thoirt deth.—*The doctor has given up hopes of his recovery.*

Tha sin a' leigeil ris duit gun fheart a thoirt air.—*That shows you that you should not heed him.*

Bha an dorus air fhàgail air a chlab*.—*The door was left wide open.*

Mo ghille math ort, chunnaic tu do chuid deth.—*My good fellow, you have seen the last of it.*

RIS

Bha e tuilleadh is òg air son a chur ris na caoraich.—*He was too young altogether to be made a shepherd.*

Cha tig às duit-sa gu ro mhath a bhi ris an deoch.—*It does not become you too well to be tippling.*

Mo nàire ort! C'arson a tha thu ri droch-chàinnt ris an leanabh?—*Shame on you, man! Why do you speak bad language to the child?*

Nach bochd duit féin a bhi ris a' bhalach bhochd.—*It is mean of you to ill-treat the poor boy.*

Tha e cho bras ris an fhùdar, agus cho righinn ris a' bhith.*—*He flares up all at once, and is as stubborn as a mule.*

Chunnaic mi thu a' bruidhinn ri Iain: is tu a chaidh ris.—*I saw you talking to John: you did not spare him.*

Chan 'eil mi suas ris an sgoilearachd agad idir, idir.—*I utterly fail to follow your reasoning.*

Dhiùlt e a dhol ris na caoraich a muigh agus a mach.—*He refused out and out to become a shepherd.*

Is iomadh carragh ris an do shuath e.—*He had many a hard knock in his day, or, His corners have been well rubbed off.*

Ged nach 'eil foghlum aige, tha e cho glic ris na cnuic.—*Although uneducated, he is as wise as the hills.*

Ciod i an obair ris an robh thu ann an Glascho?—*What was your occupation in Glasgow?*

Leigidh mise ris duit nach fhaigh thu do thoil féin.—*I will show you that you will not be allowed to do as you please.*

An uair a thig an sgeir ris, cuir a mach an t-eathar.—*When the rock becomes visible, launch the boat.*

Thoir an aire có ris a tha thu a' bruidhinn.—*Mind who you are speaking to.*

Tha e a cheart cho fialaidh ris na faoileagan.—*He is as generous as the very gulls.*

Cuir t-aghaidh ris an t-solus, agus leig do thaic ris a' bhalla.—*Turn your face to the light, and lean against the wall.*

Bithidh móran fhathast air an cur ris an àireamh.—*Many will yet be added to the number.*

Chunnaic mise an diugh eathar ris an robh trì siùil.—*I saw a boat with three sails to-day.*

Thiormaich sinn an t-iasg ris a' ghréin.—*We dried the fish in the sun.*

Ghabh sinn fasgadh ris na frasan.—*We took shelter during the showers.*

Thug e oirnn suidhe aig an aon bhòrd ris féin.—*He made us sit at the same table as himself.*

Tha dà chòmhlà ris an dorus-mhór againne.—*Our front door has two leaves to it.*

BUAIL

Bhuail e 'nam inntinn gu'n robh e 'na thìde na slatan a phasgadh.—*It occurred to me that it was time to wind up.*

Cha bu lugha leam na a thàmailt gu'n do leig mi leis mo bhualadh.—*I was vexed at myself for allowing him to strike me.*

As na thig is na thàinig cha do bhuail mo shùil air do leithid eile.—*In all my experience I have never seen your equal.*

Agus air ball bhuail an déideadh air.—*And all of a sudden he had an attack of toothache.*

Thoir dha ugh air a bhualadh.—*Give him a beat-egg.*

An deidh dha bualadh aig an dorus bhuail e an clag.—*After knocking at the door he rang the bell.*

Có a bhuail 'nam aghaidh ach am balach a bha againn a' bualadh an arbhair?—*Who should come face to face with me but the boy who used to thresh our corn for us?*

LEUM

Ghearr e cruinn-leum a mach air an dorus.—*He bounded out through the door.*

Leum am bradan thairis air an leum-uisge.—*The salmon leaped clear over the water-fall.*

Chaidh e 'na leum a dh'iarraidh air è a thighinn.—*He ran with all his speed to ask him to come.*

Falbh 'nad chruaidh-leum agus thoir thugam e.—*Bolt away, and bring it to me.*

Thoir an aire nach leum an cat air an isean.—*Take care that the cat does not pounce on the chicken.*

Thug mi leum asam thairis air an abhainn.—*I sprang across the river.*

Ruith e air falbh le leum cheithir-bonn.—*He rushed off at full gallop.*

CEANGAL

Tha an té a tha ceangailte riumsa glé throm air an tea.—

My better-half is a heavy tea-drinker, or, My wife is continually drinking tea.

Bha ceangal mór agam féin ri Dòmhnall.—*I was very much attached to Donald.*

Ceangail na cruachan mus séid a' ghaoth.—*Secure the stacks before the wind blows.*

Chaidh breith air agus a cheangal cho cruinn ri mult.—*He was caught and bound hand and foot.*

Ceangail ceangal an eich ri stoc na craoibhe.—*Tie the horse's tether to the trunk of the tree.*

Chuir e dà cheangal a mach air an tigh.—*He extended the house by two couplings.*

GREIM

Chan 'eil gréim bidh fo na cabair aca.—*They have not a morsel of food in the house.*

Tha e glé iosal leis a' ghréim* mhór.—*He is very ill of pneumonia.*

Thug e ionnsuidh air gréim fhaighinn air.—*He tried to lay hold of him.*

Gabh gréim air gob na slaite.—*Catch the point of the rod.*

Cha deachaidh gréim anns a' chòta fhathast.—*Not a stitch has been put into the coat yet.*

LATHA

Ach bha latha eile aig fear na mònadh.—*Changed days for him, or, He saw better days.*

Bha latha a rachadh agam air an sgeul aithris.—*There was a time when I could tell the story.*

Air do shlàinte, Iain ; is fhada bho'n dà latha sin !—*Here is health, John ; for auld lang syne !*



Is math da-rìreadh an latha a bheir e féin às.—*Sufficient unto the day is the evil thereof.*

Is ann agad a tha an latha dheth; is tu a dh'fhaodas a bhi air do dhòigh.—*You are well off; you may well enjoy life, or, You may well be happy.*

Is ann oirnne a rug an latha, eadar a h-uile rud a tha ann.—*What, with one thing and another, we have fallen on evil times.*

Is e an duigh an latha, agus is e so an t-ám.—*Now is the day, and now is the hour.*

Latha de na làithean thàinig e gun fhios gun fhaireachdainn.—*One of these days he arrived without notice or warning.*

Tha e a nis air a thighinn gu latha.—*He is now well advanced in years.*

Bithidh latha is bliadhna mus téid mise air an turus cheudna a rithist.—*Many a day will elapse before I again undertake a similar journey.*

Na bu tig an latha a thilleas tu an taobh so!—*May you never come this way again!*

Cha robh mise ann an latha a bha iad a' roinn na leisge.—*I was absent when laziness was being served out.*

Fhreagair e às a' ghuth-thàmh,* “Gheibh mise mo latha féin ort fhathast.”—*He replied in an undertone, “I will make you suffer for this some day.”*

Bha latha ann, uair de'n t-saoghal, agus bha cùram aig daoine do'n t-Sàbaid.—*There was a time when people revered the Sabbath.*

Chan fhaigh thu e gus an latha a gheibh thu bàs.—*You will never get it till your dying day.*

Is ann air an tigh so féin a thàinig an dà latha bho 's cuimhne leam féin.—*This very house has seen changed days within my own recollection.*

Chan 'eil fear gun dà latha ach fear gun latha idir.—*He who has no experience of the vicissitudes of life has not lived at all.*

Faire, faire, nach ann againn a bha an latha dheth !—*Well, well, weren't we well off then !*

Chan 'eil fhios ciod è a bheir latha no oidhche mu'n cuairt.—*No one knows what a day or a night may bring about.*

Nach breagha an latha a tha ann ? Is eadh gu dearbh.—*Isn't it a lovely day ? Yes, indeed.*

TIORAM

Chan 'eil cho beartach ris air tìr tioram ann an Leòdhas.—*There is no other one as wealthy as he in the whole of Lewis.*

Cha robh tigh tioram air clàr a' bhaile nach deachaidh i air chéilidh ann.—*She did not leave a single house in the village without visiting.*

Tha am bàta tioram tràighte air a' mhol.—*The boat is high and dry on the beach.*

Fhuair sinn suas tioram eadar dhà shian.—*We managed to get up dry between two showers.*

Is ann glé thioram a bha am ministear an diugh—*There was very little substance in what the minister preached to-day.*

BEUM

Thug e beum orm airson nach tug mi beum do'n bhoin.—*He found fault with me for not giving a sheaf of corn to the cow.*

Thoir beum de'n aodach sin domh.—*Give me a swatch of that cloth.*

Am bi cinneach air a bhreith a dh'aon bheum ?—*Can a nation be born in an instant ?*

Is mairg a gheibheadh beum bho'n chladheimh aige.—*Pity the one who would get a stroke from his sword.*

A dh'aon bheum bha gach stiall a mach air a cliathaich.—*All of a sudden all her canvas was over her side.*

AON

Chan 'eil math ann, an uair a thig a' chuis gu h-aon is gu dhà.—*He is useless, when matters come to a crisis.*

Tha mi a' brath air solus na dhà a chur air an aonan dhuit.—*I feel inclined to give you a stunning blow.*

Bha e a dh'aon obair 'gam chur troimh a chéile.—*He was purposely trying to upset me.*

Taing do Nì-math, chan 'eil mi aona chuid breugach no bradach.—*Thank goodness, I am neither a liar nor a thief.*

Tha a dh'aon rud air cha téid e a null no a nall bho'n fhìrinn.—*One thing about him he never deviates from the truth.*

Chaidh mi a dh'aon* bhàghadh ann ach am faicinn e.—*I went there purposely to see him.*

DHA

Faodaidh dà chiall a bhi aig an fhacal sin.—*That word may have a double meaning.*

Fhuair mi mo leòir agus mo dhà leòir deth.—*I had enough and more than enough of it.*

Chan 'eil dà dhèanamh air a' chùis.—*There are no two ways about it.*

Có a chuala a riamh a dhà leithid?—*Who ever heard the like of it?*

Fhuair mi air los mo thuruis rud air am bi mi a' breith air son latha no dhà.—*I obtained for my trip what will help me for many a day.*

Chan 'eil air an dàrna duine ach a bhreith.—*Some men succeed without any effort.*

Tha iad cho coltach ri a chéile ri dà sgadan.—*They are as like each other as two peas, or, The one is the living image of the other.*

Gu dearbh fhéin, cha bhi an dà chabhaig orm.—*Indeed I shall not be in the least hurry.*

Thoir da a dhà roghainn air a bhois.—*Give him his choice, or, Let him see that he will find his match in you.*

Ach, eadar dhà sgeul, ciamar a chaidh dhuit?—*But, by the way, how did you get on?*

Tha mi eadar dà bharail ciod è is còir domh a dhèanamh.—*I am undecided as to what I ought to do.*

SAOGHAL

Tha fhios aig an t-saoghal nach 'eil ann dlòt ach an t-amadan —*Every one knows you are nothing but a fool.*

Tha e a cheart cho làn de'n t-saoghal agus a tha an t-ugh de'n bhiadh.—*He is as worldly as a man can possibly be.*

Ged a thachair an saoghal rium tha mi an diugh gu math air mo dhòigh.—*In spite of many ups and downs I am now in affluent circumstances.*

A chuideachd an t-saoghail, mar a tha an duine ud a' togail air!—*My word, how that man is prospering!*

Cumaidh an saoghal sinn 'nar trèalabhaid bho mhoch gu dubh.—*Worldly affairs keep us overburdened from morn till night.*

Ciod e air an t-saoghal mhór a tha 'gad chumail cho fada?—*What in all the world is keeping you so long?*

Ged a gheibhinn an saoghal mar a tha e, cha tugainn seachad so dhuit air.—*Should you offer me everything else in the world, I would not exchange this for it.*

BEO

Tha e iongantach beò a réir cùrsa a latha.—*He is wonder fully active for a man of his years.*

Cha do thachair anail bheò orra air an t-slighe.—*Not a living soul met them on their way.*

Chan 'eil fhios aig duine beò ciod è a thig às.—*No one knows what the result will be.*

Tha eagal orm gur ann a' beothachadh a tha a' ghaoth.—*I am afraid the wind is only increasing in force.*

Thàinig tonn fòipe a thog beò slàn seachad air mullach na sgeire i.—*A wave came under her, that lifted her bodily over the rock.*

Ghearr a' bhròg mo shàil : tha an fheòil bheò ris.—*The shoe has cut my heel : the raw flesh is exposed.*

Chan 'eil mi ach bochd, ach nach math a bhi fhathast an tìr nam beò.—*I am but poor, but it is good to be still in the land of the living.*

LAN

An uair a bha an làn a muigh, bhuain sinn na bàirnich.—*When the tide was out, we gathered the limpets.*

Is e làn dì do bheatha a thighinn a steach.—*You are heartily welcome to come in.*

Tha e 'na làn thide sealltuinn às do dheidh.—*It is high time to take you in hand.*

Ciod i an tide-mhara* a tha ann? Am beil e fada bho àrd a' mhara-làin?—*How high is the tide? Is it far off the high-water mark?*

Tha e cho furasda stad a chur air a mhuir-làn ris a' ghlas-ghuib* a chur ortsa.—*It is as easy to stop the in-coming tide as it is to keep you quiet.*

A mach gu'n robh i leis an làn a bha 'na sgiathan.—*Off she rushed greatly excited.*

Leis an làn a thàinig orm bha mi air mo ghlasadh gun fhacal.

—*I was so much overcome that I could not utter a word.*

FAG

Mus do sheall mi rium féin bha e 'gam fhàgail a mach an dorus.—*Before I could collect my thoughts he was out by the door.*

A bhròinein, is ann ort a tha an fhàgail.—*My poor fellow, your failing is only too apparent!*

Tha thu a' fàgail cus bruidhne, a dhuine.—*You are too loquacious, my man.*

Is e na tha orra de'n amaideas a dh'fhàg iad mar a tha iad.—*It is their foolishness that is responsible for their present plight.*

Ach, is e na dh'fhàg am mullach* ud mu dheidhinn na cùise.—*Oh, how that funny man talked about the affair.*

Bha iad a' fàgail air gu'n robh e gu math tric air an dallan-aich.—*People accused him of being blind-drunk many a time.*

FADA

Is fhearr duit cumail fad an sgadain uaithe.—*You had better keep at a safe distance from him.*

Tha e ag ràdh gu'm beil càirdeas fada às aige riumsa.—*He says he is a distant relation of mine.*

C'arson a tha thusa cho fada às agus a tha thu?—*Why are you so very reserved as you are?*

Is fhada leam gus am faigh mi chun na mòintich.—*I am wearying to get to the moor.*

Chan fhaca mi bho chionn fad 'an t-saoghail soitheach-seòlaidh.—*I have not seen a sailing ship for ages.*

Is e am fadal a tha ann a dh'fhàgas an t-earbull 's an deigh aig cuid-eigin.—*This delaying will ultimately leave someone stranded.*

Ged a bha Aonghas fada às cho robh e fada a tighinn.—

Although Angus was far away, he was not long in arriving.

Chan fhacas e bho chionn fada nam fad.—*He has not been seen for ages.*

Is fhada mus tàinig thu a choimhead orm, ged a thug mi mhos air an leabaidh.—*You had no thought of coming to see me, although I was bedridden for a month.*

GAOTH

Cuiridh e gaoth fo na h-itean aca an uair a thig e.—*He will stir them all up when he comes, or, He will cause a commotion among them when he arrives.*

Thoir an aire nach toir e a' ghaoth às na sìuil agad.—*Be careful that he does not take the wind out of your sails, or, Be careful that he does not outwit you.*

Thàinig a steach fear caol sìnte fada, cho àrd ris an sparr-ghaoithe*.—*There entered a long, lean, lanky man, whose head reached the very ceiling.*

Tha gaoth na siataig anns na cnàmhan agam.—*I have twinges of rheumatism all over my joints.*

Tha a' bhuil air an tigh so nach deachaidh mo ghaoth-sa* timchioll air.—*It is easily seen by the state of this house that I had not the managing of it.*

Tha mise an dòchas nach tig an tinneas so an gaoith na cloinne agaibh.—*I do hope this illness will not come near your children.*

EIRIDH

Ma dh'eireas ormsa, ni mi pronnadh nam meanbh chuileag air a h-uile anam agaibh.—*If I am roused, I shall make mince-meat of everyone of you.*

Dh'éirich iad ceart còmhla, is thug iad am baile mór orra.—*They rose simultaneously, and set out for the town.*

Aig éirigh na gréine bha sinn deiseil gu falbh.—*At sunrise we were ready to set out.*

Nach duilich mar a dh'éirich dha, agus e gus a bhi suas a' bhruthach.—*It is a pity what happened to him, when he had all but attained his goal.*

LEIG

An uair a leig e beannachd leam, cha mhór nach do bhris orm.—*When he bade me good-bye, I almost broke down.*

Cha leig* (ruig) thu a leas luaidh air ; cuir fo'n talamh e.—*Don't mention it to any one ; keep it dark.*

Na leig ort aon uair gu'm faic thu e.—*Don't acknowledge for once that you see him, or, Pretend that you don't take the least notice of him.*

Ghuidh mi air gu dùrachdach e a leigeadh mo bheatha leam.—*I besought him earnestly that he would grant me my life.*

Shuidh mi air a' bhéing, a leigeadh dhìom mo sgìos.—*I sat on the bench taking a rest.*

Leig an lighiche air an at a bha air mo ghlùin.—*The doctor lanced the abscess that was on my knee.*

Chan 'eil ortsa ach do leigeadh seachad.—*The only thing to do in your case is to ignore you.*

C'uin a leig thu a mach air an tigh agad ?—*When did you extend your house ?*

Leig dha ; chan 'eil math dhuit a bhi ris !—*Leave him alone ; you can make nothing of him !*

STEACH

Cha tàinig e a steach orm a riamh gu'n robh thu cho fliuch agus a tha thu.—*It never occurred to me that you were so very guileless.*

Is e beagan de thighinn a steach a tha aig teaghlach Nèill.—*Neil's family has very little income.*

Théid an t-aodach a steach air a cheud nighe.—*The cloth will shrink in the first washing.*

Bha Calum agus smùid aige a' toirt a steach talmhainn.—*Malcolm was busy reclaiming a piece of land.*

An d'fhuair Iain a steach ort fhathast?—*Has John succeeded in getting friendly with you yet?*

Thoir am barrachd aodaich dhi, ach an toir i a steach air an té eile.—*Give her more sail, so that she may overtake the other.*

Am beil thu dol a chur a steach air mo bhriogais?—*Are you going to shorten my trousers?*

Chan 'eil balaich ar latha-ne ag cur a steach an tìde ri ceàird ann.—*Boys nowadays don't serve their apprenticeship to trades anywhere.*

MACH

Is beag fios a tha agad-sa ciod è a tha a muigh ort féin.—*Little you know what destiny has in store for you.*

Ged a chaidh e a mach ort, gheibh e a steach ort fhathast.—*Although he has fallen out with you, he will be in your good graces bye and bye.*

Fhuair e a mach air a chosg gu'n robh car eile ann an adhairc an daimh.—*He found out to his cost that it was not all plain-sailing.*

A mach leatha gu'n robh iad, agus gréim-bàis aca orrre.—*Off they made with her, holding to her like grim death.*

Thàinig e a mach leis gun fhios da.—*He blurted it out when off his guard.*

Chan 'eil math dhuit a bhi a' smaoineachadh gu'n téid agad air Màiri a thoirt a mach.—*You need not imagine that you will manage to win Mary's affections.*

Thug a' chearc ud a mach dà àl am bliadhna.—*That hen has hatched two broods this year.*

Cuin a bhios an leabhar agad air a chur a mach ?—*When will your book be published ?*

Ma gheibh ise a mach e, cluinnidh luchainn an àrd-doruis e.—*If she hears of it, she will proclaim it on the house-tops.*

MISCELLANEOUS

Tha e glé eirmiseach an uair a thogras e féin.—*He is very quick in retort when he feels inclined.*

Sin agad sin, agus tuigidh tu féin an còrr.—*That is that, and you will readily understand what follows.*

Is e a bha ann deth gille òg nach fhaca fichead bliadhna.—*He was only a youth under twenty years of age.*

Tha an dile bhàite ann an ceart uair.—*It is raining cats and dogs at present, or, There is a deluge of rain at present, enough to drown one.*

Is math a dh'aithnich mise gu'm faigheadh tu do dhìol deth.—*I knew full well that you would get more than enough of it.*

Ma ràinig e, cha bu luaithe na an t-ám.—*If he has arrived, he was none too soon.*

Rinn esan, am burraidh, lachan mór gàire rium.—*He, the dunderhead, laughed derisively at me.*

Sin thu féin ; is tu a tha ann fhathast !—*Good for you ; you are the same old sixpence !*

Is ann a ni e gàire riut ann an clàr an aodainn.—*He will only laugh in your face.*

Tha e ag ràdh gu'm beil e seachd searbh dhinn.—*He says he is sick-tired of us.*

Ach ged a bha, cha ghéilleadh e dha.—*But after all, he would not yield to him.*

Ann's a' bhruidhinn a bha ann, thàinig e thairis air an naidheachd.—*In course of the conversation he referred to this piece of news.*

Chan 'eil duine dhinn a bhruidhneas ris mur 'eil duine fhéin.—*Few, if any of us, will speak to him.*

Shéinn i dhuinn gach òran a b'fhearr na chéile.—*She sung for us her very best songs.*

Tha thu a' tighinn rium cho math agus a dh'iarrainn.—*You are a man after my own heart.*

An uair a ni thusa breug bheir thu riag* leatha.—*When you tell a lie you amplify it, or, When you tell an untruth you go the whole hog.*

Tha thu ag coimhead gu math bochd am bliadhna.—*You are looking rather poorly this year.*

Tha tìde 'na h-ionad* againn an dràsda.—*We have seasonable weather at present.*

Is coltach gur fhiach Iain an t-saothair.—*Seemingly John is worth something good, or, John appears to be somewhat well off.*

Bhuain sinn a' mhòine, am feur, agus an t-arbhar.—*We have cut the peats, mown the grass, and reaped the corn.*

An uair a chàirich i an leabaidh chàirich i an iuchair air a' bhòrd.—*When she made the bed she placed the key on the table.*

Nach tàmh thu; tha thu air a dhol uaithe!—*Won't you be quiet; you have exceeded all bounds.*

Duine* cruinn dèanta le feusaig* dhùinte air.—*A short well-set-up man, with full whiskers.*

Ged a dh'imichinn an talamh agus an t-adhar chan fhaighinn for* air.—*Although I searched high and low not a vestige of it could I find.*

Bha Calum rium, ach cha do bhuin mise dha.—*Malcolm struck me, but I did not touch him.*

An rud nach buin duit na buin da.—“ *Don't trouble trouble till trouble troubles you,*” or, *Mind your own business.*

Cha mhór nach deachaidh e a dhìth le dìth a bhìdh.—*He almost died of starvation.*

Bha mi 'gam itheadh féin airson mo ghòraich.—*I was sorely vexed at my own foolishness.*

Ma 's breug bh'uam e is breug thugam e.—*I am only relating what I have heard.*

Rinn e an tigh dheth ann am marbhan na h-oidhche.—*He arrived home at dead of night.*

Buinidh falt bàn do na daoine de am beil mise.—*Fair hair is hereditary in our people.*

Cha b'ann anns a h-uile poll-mònadh a chitheadh tu a leithid.—*You could seldom come across his equal.*

Sin thu féin a rithist! Có a tha ann ach thu!—*There you are again! What a conceited fellow you are!*

Cha mhór gu'm beil càil ann ach an t-anam.—*He is almost nothing but skin and bone, or, He is almost as gaunt as a ghost (spectre).*

Fòghnaidh na dh'fhòghnas de na h-uile rud.—*Enough is as good as a feast.*

Cha téid cnàimh dhlomsa ann; is fhada a chithinn thu.—*Indeed I will not go there; no, not even for you, or, Not a foot will I lift to go there; I should think twice about it.*

Cha b'fhearr ann na ás e; is e a tha ann deth duine leam-leat.—*He would be of no earthly use; he runs with the hare and hunts with the hounds, or, He is of no use whatever; he is only a double-faced man.*

Thàinig am brúadar thugam trì uairean ann an iomlaid* na h-aon oidhche.—*I had the same dream thrice in the course of a single night.*

Cheannaich mi pàidhir de bhrògan ùra* nodha.—*I bought a pair of brand new boots.*

GAELIC IDIOMS

Mo chreach-sa a thàinig ; tha an oidhche mar* a' bhith !—

Woe is me ; the night is pitch-dark !

Chan ann de shìol a' phoca-shalainn a tha mi.—*I am not afraid that the rain will dissolve me.*

Ma cheannaich mi e, bha e gu math sàillte dhomh.—*If I have bought it, I paid dearly for it.*

Cha bu mhór a b'fhiach a' chuideachd às aonais.—*The company would not be much worth without him*

An uair a' smaoinich mi thugam is bhuam chunnaic mi gu'n robh mi dheth.—*When I fully considered the matter I perceived that my case was lost.*

Bheireadh e a bhi duineil bho a athair féin.—*He would inherit manliness from his father.*

Cha chuireadh duine mu a choinneamh an neart a tha ann.—*To look at him nobody would credit him with the strength he has.*

Is ann thugamsa a tha thu ag iarraidh fad an t-siubhail.—*Your insinuations are meant for me all the time, or, It is at me you are hinting all along.*

Is ann meadhonach a tha slàinte fear an tighe ; chan 'eil e ach thuige is uaithe.—*The good-man's health is but indifferent ; he is off and on.*

Is beag nach do thuit mi às mo sheasamh.—*I almost fell where I was standing.*

Sud am fear a fhuair mi an t-each bho a bhràthair.—*That is the fellow from whose brother I got the horse.*

Chùinnt a' cheud bhalach gu ceud.—*The first boy counted up to a hundred.*

Am beil thu gu a bhi deiseil ? “ Thuige tha, thuige tha,” ars esan.—*Are you nearly finished ? “ Almost, almost,” said he.*

Cha bhi cuid no gnothach agam riut.—*I will have no dealings with you.*

AND EXPRESSIONS

Tha sinne troimh a chéile is cnatan.—*We are suffering from an epidemic of colds.*

Am béil sibh uile ann an cothrom math an diugh?—*Are you all in good health to-day?*

Cha deic* na tha an làthair, ged nach tigeadh an tuilleadh.—*We have sufficient to endure as it is, without further piling on of the agony.*

Bha am baile ud ainmeil air son iasgaich bho chian nan cian.—*That village had been famous for its fishing for ages.*

Sud agad an soitheach aig bun-sgòtha*.—*There you have the ship on the horizon.*

So e a' tighinn eadar sinn is faire.—*Here he appears on the horizon.*

Chi thu am bata eadar thu is leus.—*You can see the boat on the horizon.*

Rugadh mise a' bhliadhna a thàinig an* cnàmh 's a bhun-tàta.—*I was born the year in which the blight first attacked the potato crop.*

B'i sud a' bhliadhna a rinneadh bàthadh mór Nis.—*That was the year of the Ness drowning disaster.*

Dh'fhàg e agam féin trì mìle nota, gun ghuth* air na dh'fhàg e aig a' chloinn.—*He left to me £3000, over and above what he left to the children.*

Chan 'eil port a nasgaidh ann an diugh.—*Nothing for nothing nowadays, or, To-day if you call the tune, you must pay the piper.*

Cha b'e tu féin a b'fhearr de na buic.*—*You yourself were not the best of the lot.*

Tha esan, bròinean, mar a bha agus mar a bhios e.—*He, poor man, is as he was and will be.*

Tha e 'na làn thàide a bhi a' leughadh an eagail.—*It is high time to realise our danger.*

GAELIC IDIOMS

Chan 'eil math a bhi mu a dheidhinn.—*It is a foregone conclusion, or, We must bow to the inevitable.*

Iain, Iain, nach ann dlòt a tha an sealladh !—*John, John, what a dreadful figure you cut !*

Bha thu dhòmhsa a riamh mar fhear t-ainme.—*You were always kind to me like your name-sake.*

Tha an deise ciatach ; chan 'eil mar-a-bhiodh* innt .—*The suit is excellent ; it has not a single flaw.*

Gheibh thu ìm is càise ; tha sinn a' suidheachadh.—*You will get butter and cheese ; we are setting milk for butter-making.*

Tha an eaglais a' tòiseachadh aig seachd uairean.—*The church service starts at seven o'clock.*

Am faca tu an do sgaoil an eaglais fhathast ?—*Have you noticed if the people have come out of church yet ?*

Chan fhaicear esan anns an t-searmoin ach mar runnaig 's an oidhche fhraisaich.—*His attendances in church are few and far between.*

Tha e muir-tràigh ; rach do an tràigh.—*It is low-water ; go to the ebb.*

Thràigh na balaich am botul air an tràigh.—*The boys emptied the bottle on the sands.*

Tha uair gharbh ann ; cuir sgòid rithe ach an toir i am port a mach.—*It is very stormy ; give her a little sail so that she may make the landing-place.*

Cha deachaidh lann a chur air tarrang a b'fhearr na am bàta ud.—*No better boat than that one was ever built.*

Cha deachaidh an t-iasgach gu math idir leam.—*I was not at all successful at the fishing.*

Leis an dlòl a rinn am muir air, bhòidich e nach cuireadh esan lìon às a deidh ach sud.—*Having suffered so much from sea-sickness, he vowed he would never again go out with the lines.*

AND EXPRESSIONS

- Chunnaic mi uam e uair no dhà.—*I saw him at a distance once or twice.*
- Cha dubhairt mi mar sin ás is ás e.—*My statement was not quite so positive as that.*
- Cha b'ìoghnadh gu'm b'e a b'fhiach a ràdh.—*No wonder the people should speak highly of it.*
- Cha robh e ach mar fhear 'san t-sreath.—*There was nothing extraordinary about him.*
- Tha iad mar a bha iad ri mo cheud chuimhne.—*They are exactly as they were during my earliest recollection.*
- Bha briseadh na faire ann mus d'fhalbh sinn.—*It was day-break before we set out.*
- Bithidh boineidean anns a' pholl mus tachair sin.—*Fur will be flying before that happens.*
- Thoir thugam e, ma's e do thoil e.—*Bring it to me, if you please.*
- Thubhairt e rium e eadar fhìrinn is mhagaireachd.—*He said it to me half-jestingly.*
- Tha e na's fearr na duine bu duine dhuit-sa.—*He is better than any relation of yours.*
- Is ann mar sin a bha, ma tha.—*That is how matters stood, then.*
- An t-amadan a tha e ann, agus b'e sin esan.—*The fool that he is, and a silly one at that.*
- Chan 'eil ann deth ach seana mhaor eòlach.—*He is only an acquaintance of long standing, or, On the contrary, he is quite expert in these matters.*
- Bu tu féin an caraaid, is cha b'e sin a h-uile caraaid.—*As a sincere friend you have no equal, or, Yours is no ordinary friendship.*
- Chaidh a' bhó bhlàir* ann an léig* aig iochdar a' bhlàir.—*The white-faced cow went into a bog at the lower end of the field.*

Có a ni an t-òl ach am fear a dh'fhaodas ?—*Who will drink but he who has the means ?*

Ach cha b'e sin do Dhòmhnall bochd e.—*But, in poor Donald's case things were different.*

Nach tu a tha falamh, a dhuine !—*How empty headed you are, man !*

Ithidh tu cruach eòrna eile mus tig thu suas riumsa.—*You will eat many a bannock before you are as strong as I am.*

Tha thu gu math dheth, a' snàmh ann an cuid chàich.—*You are very well off, living sumptuously at the expense of others.*

Ged a b' olc ann e, bu mbiosa às e.—*Poor as he was, we should have been worse off without him.*

Mur a tig thu, nach fuirich thu.—*If you don't come, just stay.*

Ma is tu a tha ann, is tu a chaidh às.—*If it be you, you have sadly changed, or, If that is you, you are only a shadow of your former self.*

Thugadh uiread agus uiread do gach fear diubh.—*They obtained share and share alike.*

Cha robh fhios có aca a b'eadh no nach b'eadh.—*It was not clear whether it would be yea or nay.*

Seachd neo-ar-thaing dhuit ; chan 'eil mi 'na do thaing.—*Little thanks to you ; I am quite independent of you.*

Is cearr an lagh a ni am mèirleach a sheasamh.—*Unjust is the law that upholds the thief.*

Is e a bhios dorch an nochd, ma ni e uisge.—*It will be dark to-night, if it rains.*

B'olc an airidh gu'n tachradh dochann duit.—*It would be a pity that any harm should befall you.*

Chan fhaigh a h-uile fear a dhòrgh* às mar a fhuair thusa.—*Every man does not get out of difficulty as easily as you did.*

Bhiodh a' chlann gun tàmh còmhla rium.—*The children were continually with me.*

AND EXPRESSIONS

Is e Iain a bha ann gun teagamh ; cha bu duine eile a bha ann ach è.—*It was John without a doubt, and no other one.*

Chan 'eil mi idir maol anns a' chlaisneachd.—*I am not at all dull of hearing.*

Dh'iarr e cuid oidhche, agus chaidh sin a thoirt da.—*He asked for a night's hospitality, and that was granted.*

Bheir an dearbh rud a chruth an coltas.—*That very thing will yet openly show itself.*

Chaith e a' chuid bu mhotha de a bheatha am measg na tuatha.*—*He spent the most of his life among the peasantry.*

Sud Anna le crios mu a meadhon a stigh am meadhon an t-sluaigh.—*There is Annie with a belt round her waist in among the crowd.*

Is ann duit a rug an cat an cuilean.—*You were born with a silver spoon in your mouth,*

So agaibh òran ùr a rinn e an latha roimhe.—*Here you have a new song he composed the other day.*

Fàgaidh mi sibh a nis leis na beannachdan, agus chan ann roimh an mhithich.—*I shall leave you now with my blessings, and not before the time.*

Latha math leat ! Mar sin leatsa : a h-uile latha a chì is nach fhaic !—*I bid you "good day !" I wish you no less ; each day and every day.*

UNCOMMON WORDS

(These words are marked thus *.)

*A few of these words or phrases are touched upon
in Introductory Section.*

PAGE

- 34 Iaradh, *stop, pause* (probably from *euradh*.)
34 Sparran, *cross spars on couplings of thatched houses*.
35 Cur-a-mach, *eloquence, spouting*.
35 Ach, feuch ach, *attempting* meant here.
35 Ach, feuch ach, *waiting to see* meant here.
35 Cur-leis, *perseverance, ambition*.
36 Cuan Mór, *the open seas, ocean*.
36 Connstabuill, *grazing committee of a village*.
37 Ag cur uaipe, *showing her glow, going to rise*.
38 Maide 'na phàirt, *overtaking, outstripping him*.
38 Cial, *a dark corner, cell*.
38 Aig an tuil, *by the excessive flooding*.
38 A' Cheist, the text for the *Question* on Friday of
Communion.
40 Ach, *so that* meant here.
40 Uspag, *a squall of wind, a strong gust*.
40 Am muir a thìr, *washed ashore by the sea*.
40 An t-siataig, an lònidh, *rheumatism*.
40 A' togail mo dhosain, *curling my tresses, looking forward
to*.
42 Baine togalaich, *skimmed milk, cream lifted off*.
43 Barradh air, *overtopping, excelling him*.
44 Aona-cheann, *coming to a head, a climax*.
44 Currac, *a mutch, a baby's cap*.
45 Fo na mùigean, *surly, gloomy, brooding*.
46 Ceann a' mhaide, *holding one's own*.
47 Air a bheul fodha, *upside down, falling flat outwards*.

GAELIC IDIOMS

PAGE

- 48 An t-sitig, gutter, puddle round a house ; outside.
- 49 Air a lìonadh, on the flow tide's return.
- 50 An ùir air mo shùil, the earth on my eye, my funeral.
- 52 Unnsa, first milk of a mother after birth of young.
- 53 Air cùl corrain, behind a sickle, working with a sickle.
- 53 Cùl nam cóig, back of hand, five fingers.
- 54 Cùl cnocain, behind a hillock, sneaking, behind one's back.
- 54 Bàrr, overtopping, excelling.
- 54 Fàsach, here meaning an empty boast, an easy thing.
- 54 Gad-droma, ridge-board of a house.
- 55 Slugan, gullet, throat.
- 55 A bhonnan bàna, left bare, ruined, stranded.
- 56 Ceann bàite, the end of a ling-line with no buoy attached.
- 58 Ceum-leatha, stepping beyond mark when throwing stone during games.
- 58 Leth-làmh, one hand, also, leth-shuil, leth-chas, leth-cheann.
- 58 Dheidhinn, Lewisism for rachainn.
- 60 Ad mholach, a silk-hat, a tall hat.
- 60 Na balaich dhubha, here meaning, mischievous boys.
- 61 Bàrr, see pages 43 and 54.
- 65 Ach (twice on this page), see page 40.
- 67 Gualainn, a tack while sailing against wind.
- 68 *Toirt an mhòinteach, misleading ; toirt an caolas ; toirt an t-slighe.
- 68 A' toirt suathalais, managing to recognise.
- 71 An aon-ùisge, a boat in tacking holding her own, but no more.
- 72 An-saobh-shruth, the eddying current.
- 74 An Cnatan Mór, influenza.
- 76 Leigeadh esan leis, let him bide his time.
- 77 Ach, here, if it had been.
- 81 An t-sitig air, cleared out of the house.

AND EXPRESSIONS

PAGE

- 82 Magaidean, *laughable pranks, strange antics.*
- 83 Puta, *a buoy, bladder.*
- 83 Coileach an t-srutha, *the rapids, bore of the tide.*
- 84 Anns a' chloich, *rowing so close to the rocks that oars almost touch them.*
- 84 Marbh-shruth, *slack current before return of next tide.*
- 84 Gleòran, *a very small copper coin.*
- 84 Sad a dhà làimhe, *as much as a pair of hands could do.*
- 85 Uspag, here means, *looking ominous, see page 40.*
- 86 Imlich na corraig, *the licking of the finger, probably, tarry-fingered.*
- 87 Suidhe-suas, suidhibh suas, *hospitality to strangers.*
- 87 Buatham, *a sudden impulse towards action.*
- 88 Dòrn, meaning here, *what a fist could hold.*
- 88 Aig, *owing to meant here.*
- 88 Aig na coin, *by the dogs.*
- 89 Boinne-taige, *trickling, falling pitter-patter.*
- 90 Firinn thugam, *a text of Scripture forcibly occurring to my mind.*
- 90 Air ghocaireachd, *on a fool's errand.*
- 90 Cha bu gheamha leam, *I would far sooner lose.*
- 93 Aithneachadh-beag, *so small as to be almost imperceptible.*
- 95 A' mhaise-mhullaich, *baldness.*
- 95 Còmhradh-beag, *muttering to oneself, soliloquising.*
- 95 Sgriob liath an Earraich, *period of destitution in spring-time.*
- 95 Bonn-a-h-ochd, *a very small coin, see gleoran.*
- 97 An taoim, *the bilge water in a boat.*
- 98 Air a' chlab, *wide open, gaping mouth.*
- 98 Ris a' bhìth, *like tar, stubborn, tenacious.*
- 101 An gréim mór, *pneumonia, pleurisy.*
- 102 A ghuth-thàmh, *in an undertone, very quietly.*

GAELIC IDIOMS

PAGE

- 104 A dh'aon bhàghadh, *purposely*. A dh'aon obair.
- 106 Tìde-mhara, *ebbing or flowing* (6 hrs.).
- 106 Glas-ghuib, *a bridle, curb*.
- 107 Am mullach ud, *that funny person, curiosity*.
- 108 Spàrr-gaoithe, *cross spar on couplings of thatched houses*.
- 108 Mo ghaoth-sa, *my effective suggestions, influence*.
- 109 Cha leig (cha ruig) thu leas.
- 112 Riag leatha, *a long stride with it, exaggerating*.
- 112 'Na h-ionad, *in her place, seasonable*.
- 112 Duine cruinn deanta, *a short well set-up man*.
- 112 Feusag dhùinte, *full whiskers*.
- 112 For air, lorg air, *trace or sign of it*.
- 113 Iomlaid na h-aon oidhche, *in the course of a single night*.
- 113 Ura-nodha, both words meaning *new*; novus=*new*.
- 114 Mar a' bhith, *as dark as tar, very dark*.
- 115 Cha deic e, *it is not fit, enough already*.
- 115 Bun-sgòtha, air fàire, eadar thu is leus, *horizon*.
- 115 An cnàmh, *potato blight* (1846).
- 115 Gun ghuth, *without mentioning more*.
- 115 Buic (plural of boc), *a buck, meaning here, of the group*.
- 116 Mar-a-bhiodh, *no room for complaint*.
- 117 Bò bhlàr, *a white-faced cow*; blàrag.
- 117 Léig, *a bog or swamp*; may also mean *sediment*.
- 118 Dòrgh, *a hand-line with cross-bar suspending two or more hooks*.
- 119 Na tuatha, *the peasantry*.

* Toirt a' mhòinteach—a strange construction—meaning here, *across or past the moor*. Seach a' mhòinteach; trasd a' mhòinteach. The Preposition “gu” or “gus” with the Article takes Accusative: Gus a' mhòinteach.



